

Coinneamh: Bòrd-stiùiridh
Ceann-là/Àm: 26 Ògmhios 2025 aig 09.30
Càite: Microsoft Teams

Clàr-gnothaich – Seisean Fosgailte

1. Cùisean Tòiseachaidh

- 1.1. Fàilte is Leisgeulan
- 1.2. A' Nochdadh Com-pàirtean
- 1.3. Gnothaich Iomchaidh Sam Bith Eile (GISBE)

2. Conaltradh

2.1. Conaltradh le luchd-ùidh (Airson

Fiosrachadh) altradh le Luchd-ùidh

Ealasaid Dhòmhnallach, Ceannard

2.2. A' comharrachadh soirbheachas (Airson Aontachadh)

Ealasaid Dhòmhnallach, Ceannard

3. Ionmhas

3.1. Aithisg Ionmhas (Airson Fiosrachadh)

Nicola Pearson, Ceann an Ionmhais is Cùisean Corporra

4. Plana Corporra is Coileanadh

4.1. Aithisg air adhartas leis a' Phlana Nàiseanta 2023-28 (Airson Deasbad)

PT1 Geàrr-chunntas air adhartas air gnìomhan a' Phlana Nàiseanta

Ealasaid Dhòmhnallach, Ceannard

4.2. Sgeama Oifigearan Gàidhlig 2025-28 (Airson Fiosrachadh)

Iain Mac a' Mhaoilein, Stiùiriche Leasachaidh

4.3. Foghlam agus Ionnsachadh (Airson aontachadh)

PT1 Statutory Guidance Post Consultation - Clean Copy

PT2 Statutory Guidance Post Consultation - with Changes

Ealasaid Dhòmhnallach, Ceannard

4.4. Aithisg air PCCan 2024/25 (Airson Deasbad)

PT1 - Geàrr-chunntas air adhartas a' phlana gnìomh

Iain Mac a' Mhaoilein, Stiùiridh Leasachaidh

4.5. Aithisg air Planaichean Gàidhlig (Airson Deasbad)

PT1 Ughdarrasan Phoblach le Planaichean Gàidhlig Reachdail
Iain Mac a' Mhaoilein, Stuiriche Leasachaidh

5. Rianachd Mhì-chinntean

5.1. Clàr mhì-chinntean Ro-innleachdail (Ri Aontachadh)

PT1 Clàr Mhì-chinntean Ro-innleachdail
Nicola Pearson, Ceann an Ionmhais is Cùisean Corporra

6. Aithisgean Bhliadhnail na Comataidhean

6.1. Aithisgean Bhliadhnail na Comataidhean (Ri Aontachadh)

PT1 Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd 2024/25
PT2 Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan 2024/25
Ealasaid Dhòmhnullach, Ceannard

7. Cùisean Corporra

7.1. Aithisg Slàinte is Sàbhailteachd (Airson Deasbad)

Karen Nic a' Ghobhainn, Manaidsear Gnìomhan

7.2. Gnàth Riaghailtean (Ri Aontachadh)

PT1 Gnàth Riaghailtean 2025/26
Ealasaid Dhòmhnullach, Ceannard

8. Plana Obrach a' Bhùird-stiùiridh

8.1. Plana Obrach a' Bhùird-stiùiridh (Ri Aontachadh)

PT1 Plana Obrach 2025/26
Ealasaid Dhòmhnullach, Ceannard

9. GISBE

Ceann-là na h-ath choinneimh: 09/10/2025

Deireadh an t-Seisein

Coinneamh:	Bòrd-stiùiridh
Ceann-là:	26 Ògmhios 2025
Tìotal:	Conaltradh le Luchd-ùidh
Gnìomh a dhith:	Airson fiosrachadh
Àireamh pàipear:	2.1
Neach-labhairt:	Ealasaid Dhòmhnallach, Ceannard
Pàipearan-taic:	PT1 Conaltradh le Luchd-ùidh

1. Adhbhar

- 1.1. Tha am pàipear seo a' soilleireachadh an raon fharsaing de chonaltradh air feadh na buidhne, a' sealltainn cho cudromach sa tha com-pàirteachasan agus conaltradh dhuinn.

2. Cùl-fhiosrachadh/Prìomh aithris

- 2.1. Tha an Ro-innleachd Conaltraidh (taobh a-muigh) a' mìneachadh ar prìomhachasan airson conaltradh agus a' mìneachadh nam prìomh dhòighean a chleachdas sinn gus ar n-amasan a libhrigeadh.
- 2.2. Bithear a' dèanamh raon farsaing de chonaltradh air feadh na buidhne, agus tha oifigearan a' conaltradh ri grunn bhuidhnean agus dhaoine fa leth fhad 's a tha iad a' feuchainn ri amasan a' Phlana Chorporra a choileanadh.

3. Prìomhachasan

- 3.1. Tha ar prìomhachasan conaltraidh anns a' chairteal a dh'fhalbh air a bhith ag amas air:

- Buidseat na h-Alba
- Maoineachadh a bharrachd airson ar prìomh bhuidhnean libhrigidh
- Fosgladh sgeama ùr oifigearan leasachaidh na Gàidhlig
- Fastadh
- Tabhartasan tràth-bhliadhnaichean
- Cothroman obrach ann am foghlam
- Bile Chànanan na h-Alba
- Planaichean Gàidhlig
- A' togail air obair BnG agus ar prìomh chom-pàirtichean libhrigidh
- Ag àrdachadh, far a bheil e iomchaidh, susbaint Ghàidhlig a' togail mothachadh air susbaint Ghàidhlig agus làthaireachd na Gàidhlig aig ìre ionadail agus nàiseanta.

4. Com-pàirteachadh leis a' Mhinistear

- 4.1** Choinnich an Cathraiche agus an Ceannard ri Stiùiriche Ath-leasachaidh Foghlaim agus bhruidhinn iad air prìomhachasan nam ministearan. Chaidh modail conaltraidh aontachadh agus dèanamh cinnteach à iomlaid fiosrachaidh èifeachdach.

5. Com-pàirteachadh Sgioba Gàidhlig & Albais

- 5.1. Bidh an Ceannard agus an sgioba stiùiridh ann an conaltradh cunbhalach leis an sgioba Gàidhlig is Albais. Tha prìomhachas air a bhith ann airson aontachadh air a' mhodail sgaoilidh agus targaidean ùra a thaobh maoinachadh a bharrachd airson buidhnean lìbhrigidh na Gàidhlig.
- 5.2. Tha còmhraidhean agus co-roinneadh fiosrachaidh air a bhith ann cuideachd a thaobh Bile nan Cànanan Albannach, Sgeama Oifigearan Leasachaidh na Gàidhlig, planaichean cànan coimhearsnachd na Gàidhlig, solar foghlaim aig ìre ro-sgoile, conaltradh coimhearsnachd agus dealbhadh is leasachadh eagrachaidh.

6. Com-pàirteachadh poilitigeach

- 6.1. Tha conaltradh dìreach air a bhith ann le Rhoda Ghrannnd BPA a thaobh Buidheann Thar-phàrtaidh na Gàidhlig.
- 6.2. Choinnich an Ceannard ri Tim Eagle MSP agus bheachdaich sinn air raon farsaing de chùisean, a' gabhail a-steach taic do na meadhanan Gàidhlig agus leasachadh coimhearsnachd na Gàidhlig.

7. Conaltradh leis na meadhanan

- 7.1. Tha sinn air conaltradh a dhèanamh leis na buidhnean meadhanan a leanas, a' toirt seachad agallamhan, beachdan agus fiosrachadh air sgeulachdan co-cheangailte ris a' Ghàidhlig:

Agallamhan	Buidheann	Cuspair
08.04.25	BBC Naidheachdan	Àireamh tidsearan FtG 2024
15.04.25	BBC Naidheachdan	Aontaidhean TFC
02.05.25	BBC Naidheachdan	Sgeama nan Oifigearan Gàidhlig
02.05.25	BBC Scotland News	Sgeama nan Oifigearan Gàidhlig

13.05.25	BBC Radio nan Gàidheal	Sgeama nan Oifigearan Gàidhlig
03.06.25	BBC Naidheachdan	Àitichean ann an sgoiltean-àraich ann an Siorrachd Àir

Freagairt sgrìobhte	Buidheann	Cuspair
08.04.25	BBC Naidheachdan	Àireamh Tidsearan FtG ann an 2024
23.04.25	BBC Naidheachdan	Freagairt air na thuirt Misneachd mun dàta bhon Cunntas-sluaigh
03.06.25	BBC Naidheachdan	Àitichean ann an sgoiltean-àraich ann an Siorrachd Àir
11.06.25	BBC Naidheachdan	Buidhnean poblach aig a bheil planaichean Gàidhlig

8. Na meadhanan sòisealta & Làrach-lìn

Luchd-leantainn Bhòrd na Gàidhlig				
	06.09.24	06.12.24	07.03.25	13.06.25
Facebook	6194	6243	6270	6290
Instagram	3016	3165	3295	3384
X	7337	7170	6987	6916
LinkedIn	611	632	652	683
BlueSky	0	68	219	303

*Tha cunntasan againn air BlueSkye (209 luchd-leantainn) agus Threads (623 luchd-leantainn) aig Bòrd na Gàidhlig ach chan eilear an cleachdadh aig an ìre-sa.

- 8.1. Tha na h-àireamhan againn air na h-àrd-ùrlaran meadhanan sòisealta againn seasmhach le atharrachaidhean beaga. Cha bhith sinn a' postadh gu cunbhalach air *threads*, agus chan eil sinn air postadh air Bluesky fhathast ach tha barrachd luchd-leantainn againn, a' moladh iarrtas air na h-àrd-ùrlaran sin airson ar susbaint.
- 8.2. Tha sinn air a bhith a' measadh ar n-àrd-ùrlaran agus a' cumail sùil air pàtrain conaltraidh. Bidh LinkedIn na phrìomh fhòcas san àm ri teachd oir tha sinn air comharrachadh gu bheil cothrom ann airson fàs, gu sònraichte nuair a nì thu coimeas eadar buidhnean coltach rinn, a thaobh meud agus fòcas.

- 8.3. Tha sinn a' dèanamh ath-sgrùdadh teicnigeach agus susbainteach air an làrach-lìn againn. Tha sinn an dùil an làrach ùrachadh am-bliadhna gus dèanamh cinnteach gu bheil e a' coinneachadh ri ar feumalachdan gu h-ìomchaidh.

9. Moladh

- 9.1. Gum bi na buill a' toirt fa-near dhan fhiosrachadh anns a' phàipear.

10. Prìomh Bhuidhean Ro-innleachdail

- 10.1. **Buidhean air Ionmhas:** Chan eil
- 10.2. **Buidhean air Luchd-obrach:** Chan eil
- 10.3. **Buidhean air Trèanadh:** Bidh feuman trèanaidh ann gus dèanamh cinnteach ` gu bheil na sgilean riatanach aig luchd-obrach gus an ro-innleachd a lìbhrigeadh
- 10.4. **Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra:** Tha seo a' cuir ri adhartachadh agus lìbhrigeadh a' phlana chorporra agus an ro-innleachd conaltraidh bhon taobh a-muigh
- 10.5. **Buidhean air Cliù:** Togaidh seo cliù na buidhne le barrachd mothachaidh air a' bhuidhinn agus an obair a bhios sinn a' dèanamh
- 10.6. **Buidhean air Slàinte is Sàbhailteachd:** Chan eil
- 10.7. **Buidhean Laghail:** Chan eil
- 10.8. **Buidhean air Co-ionannachd:** Chan eil
- 10.9. **Buidhean air an Àrainneachd:** Chan eil

11. Ceanglaichean ri Frèama-obrach Coileanadh Nàiseanta

Còraichean Daonna	<input type="checkbox"/>	Clann is Òigridh	<input type="checkbox"/>
Cultar	<input checked="" type="checkbox"/>	Coimhearsnachdan	<input type="checkbox"/>
Àrainneachd	<input type="checkbox"/>	Bochdainn	<input type="checkbox"/>
Slàinte	<input type="checkbox"/>	Eadar-nàiseanta	<input type="checkbox"/>
Foghlam	<input checked="" type="checkbox"/>	Eaconamaidh	<input type="checkbox"/>
Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach			<input checked="" type="checkbox"/>

12. Cùrsa Riaghlachais

- 12.1. Thug an Sgioba Stiùiridh fa-near don phàipear seo air 16 Ògmhios 2025.

13. Dearbhadh air Cuairteachadh Sgrìobhainn

- 13.1. 'S e pàipear fosgailte a tha seo.

Conaltradh le luchd-ùidh

Bidh oifigearan air feadh na buidhne a' conaltradh gu cunbhalach leis na prìomh bhuidhnean libhrigidh againn. Bidh an sgioba phlanaichean againn gu cunbhalach a' conaltradh ri buidhnean mu na planaichean Gàidhlig aca. A bharrachd air seo tha an sgioba stiùiridh air grunn choinneamhan a fhrithéaladh le buidhnean. Tha liosta nan coinneamhan agus nan cuspairean conaltraidh a' nochdadh an raon fharsaing de dh'obair agus de chom-pàirteachas anns a bheil Bòrd na Gàidhlig an sàs.

Buidheann:

Adhbhar:

Acair	Maoineachadh
Ainmean- Àite na h-Alba	Maoineachadh
An Comunn Gàidhealach	Fastadh & maoineachadh
BBC	Naidheachdan
Buidheann Obrach air Acadamaidh Ghàidhlig	BOAG
Buidheann Stiùiridh Iar thuath Leòdhais	Plana Gàidhlig coimhearsnachd
Buidheann Stiùiridh Ro-innleachd Òigridh	
Car & Learning Alliance	Foghlam
Ceòlas	Plana Gàidhlig coimhearsnachd & maoineachadh
Clàran Nàiseanta na h-Alba	Plana Gàidhlig
Comhairle Baile Ghlaschu	Fòram Gàidhlig
Comhairle Baile Dhùn Èideann	Foghlam
Comhairle Inbhir Chluaidh	0-3
Comhairle na Eilean Siar	Leasachadh coimhearsnachd & foghlam
Comhairle na h-Eaglais Brice	Plana Gàidhlig
Comhairle na Gaidhealtachd	Plana Gàidhlig & foghlam
Comhairle na Leabhraichean	Maoineachadh
Comhairle Lodainn an Ear	Foghlam
Comhairle Lodainn an Iar	Plana Gàidhlig
Comhairle Siorrachd Àir a Deas	Plana Gàidhlig & foghlam
Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Iar	Plana Gàidhlig
Comunn na Gàidhlig	Ro-innleachd òigridh & maoineachadh

Comann nam Pàrant	Foghlam
Faclair na Gàidhlig	Maoineachadh
Fèisean nan Gàidheal	Tachartasan & maoineachadh
Foghlam ALBA	Foghlam
Foras na Gailege	Planadh cànan agus coimhearsnachdan
Gailearaidh Nàiseanta na h-Alba	Pana Gàidhlig
GLAN Lìonra - ùghdarrasan ionadail Gàidhlig	Foghlam
Leabharlann Nàiseanta na h-Alba	Pana Gàidhlig
Lingoteach	Foghlam
HIE	Eaconamaidh & coimhearsnachd
HIREP	Eaconamaidh
Ionad Chaluim Chille Ìle	Maoineachadh
MG ALBA	SpeakGaelic & Alba FA
Oilthigh na Banrigh, Beul Feirste	Planadh cànan & coimhearsnachdan
Oilthigh Obar Dheathain	Co-labhairt cànan
Public & Commercial Services Union	Aonadh-ciùird
Riaghaltas na h-Alba	
Sabhal Mòr Ostaig	SpeakGaelic & foghlam
SCILT	Foghlam
Stòrlann	Foghlam & maoineachadh
Theatre gu Leòr	Maoineachadh
Tobar an Dualchais	Maoineachadh
UHI NWH	Pana Gàidhlig
UHI	Gàidhlig
UNCRC	Coinneamh lìonra taic
Urras Coimhearsnachd Bhràdhagair & Àrnoil	Coimhearsnachd

Coinneamh:	Sgioba Stiùiridh
Ceann-là:	26 Ògmhios 2025
Tìotal:	A' comharrachadh soirbheachas
Gnìomh a dhìth:	Ri aontachadh
Àireamh pàipear:	2.2
Neach-labhairt:	Ealasaid Dhòmhnaillach, Ceannard
Pàipearan-taic:	Chan eil

1. Adhbhar

- 1.1. Gus soirbheachas agus dealas a chomharrachadh air feadh ar coimhearsnachdan.

2. Cùl-fhiosrachadh/Prìomh aithris

- 2.1. Bha Duaisean na Gàidhlig a' ruith gu soirbheachail airson deich bliadhna, agus lean iad modail thraidiseanta de ainmeachadh airson duaisean, pannal breithneachaidh agus cuirm dhuaisean stèidhichte air dinnear. Chaidh an tachartas a chumail o chionn ghoirid ann an Glaschu.
- 2.2. Chuir Covid dragh air a' phàtran agus chaidh na duaisean mu dheireadh a chumail ann an 2023.
- 2.3. Bidh coimhearsnachdan Gàidhlig a' soirbheachadh air obair chruaidh agus dìcheall dhaoine fa leth, a bhios tric a' dèanamh barrachd na bha dùil nan obair, no a' tabhann an ùine agus an sgilean gu saor-thoileach. Tha e deatamach gum bi coimhearsnachdan a' tuigsinn gu bheil an obair seo air aithneachadh agus air a meas.
- 2.4. Bu toil le Bòrd na Gàidhlig modail ùr de chomharrachadh a leasachadh a bhios a' toirt a-steach co-obrachadh le ar com-pàirtichean agus prìomh bhuidhnean libhrigidh gus soirbheachas a chomharrachadh. Bidh seo na dhòigh-obrach nas sùbailte agus cha bhith e ga mhodail fhèin air na duaisean Gàidhlig a bh' ann roimhe.
- 2.5. Bhiodh prìomh phrionnsabalan nan duaisean:
 - A' comharrachadh agus a' taisbeanadh soirbheachas neach fa leth, coimhearsnachd no pròiseict
 - A' comharrachadh adhartas prìomh amas a' Phlana Nàiseanta
 - Fòcas air a bhith a' comharrachadh ann an coimhearsnachdan agus le coimhearsnachdan
- 2.6. Ged a bhios na duaisean co-obrachail, bheir Bòrd na Gàidhlig seachad an stiùiridh agus a' bhuidseit.

3. Moladh

- 3.1. Thathar ag iarraidh air a' Bhòrd aontachadh gum bi modail ùr comharrachaidh air a leasachadh.

4. Prìomh Bhuidhean Ro-innleachdach

- 4.1. Buidhean air Ionmhas: Mar a chaidh a mhìneachadh gu h-àrd
 4.2. Buidhean air Luchd-obrach: N/A
 4.3. Buidhean air Trèanadh: N/A
 4.4. Ceangalaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra: Tha am pàipear seo a' toirt taic do bhith a' togail mothachaidh mar a tha air a mhìneachadh sa phlana nàiseanta.
 4.5. Buidhean air Cliù:
 4.6. Buidhean air Slàinte is Sàbhailteachd: N/A
 4.7. Buidhean Laghail: N/A
 4.8. Buidhean air Co-ionannachd: N/A
 4.9. Buidhean air an Àrainneachd: N/A

5. Ceangalaichean ri Frèama-obrach Coileanadh Nàiseanta

Còraichean Daonna	<input type="checkbox"/>	Clann is Òigridh	<input type="checkbox"/>
Cultar	<input checked="" type="checkbox"/>	Coimhearsnachdan	<input checked="" type="checkbox"/>
Àrainneachd	<input type="checkbox"/>	Bochdainn	<input type="checkbox"/>
Slàinte	<input type="checkbox"/>	Eadar-nàiseanta	<input type="checkbox"/>
Foghlam	<input type="checkbox"/>	Eaconomaidh	<input type="checkbox"/>
Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnathach			<input type="checkbox"/>

6. Cùrsa Riaghlachais

- 6.1. Ghabh an Sgioba-stiùiridh fa-near a' phàipeir seo air 16 Ògmhios 2025.

7. Dearbhadh air Cuairteachadh Sgrìobhainn

- 7.1. Tha am pàipear seo ri breithneachadh air san seisean fosgailte den choinneimh.

Coinneamh:	Bòrd-stiùiridh
Ceann-là:	26 Ògmhios 2025
Tìotal:	Aithisg Ionmhais
Gnìomh a dhith:	Airson Fiosrachadh
Àireamh pàipeir:	3.1
Neach-labhairt:	Nicola Pearson, Ceann an Ionmhais is Cùisean Corporra
Pàipearan-taic:	Chan eil

1. Adhbhar

- 1.1. 'S e adhbhar a' phàipeir seo fiosrachadh a thoirt don Chomataidh air an t-suidheachadh ionmhais air 31 Màrt 2025.

2. Cùl-fhiosrachadh/Prìomh aithris

- 2.1. Ann an 2024/25 bha buidseat iomlan de £5,475k aig Bòrd na Gàidhlig.
- 2.2. Bha am buidseat seo a' gabhail a-steach Tabhartas gus Cuideachadh de £5,125k agus £350k gus taic shònraichte a thoirt don Sgeama Leasachaidh Oifigearan Coimhearsnachd airson na bliadhna ionmhais.
- 2.3. Chaidh £5487k a chosg gu h-iomlan ro 31 Màrt 2025, a' ciallachadh gun robh tar-chosgais de £12k ann airson 2024/25.
- 2.4. Chaidh £21k de dh'airgead bhon bliadhna Ionmhas roimhe a thoirt air adhart a rinn frith-chothromachadh (*offset*) air an tar-chosgais agus dh'fhàg seo £9k sa bhanc.
- 2.5. Dh'iarr sinn agus fhuair sinn cead bho Roinn na Gàidhlig is Albais aig Riaghaltas na h-Alba gus seo a thoirt air adhart airson adhbharan gnìomhachais.
- 2.6. Tha geàrr-chunntas air a' bhuidseat aig deireadh na bliadhna gu h-ìosal:

		TO31.03.25			
		BUIDSEAT £'000	AN DA-RÌRIBH £'000	SEACHRANACHD £'000	SEACHRANACHD %
MAONEACHADH/ TEACHD A- STEACH	Airgead air a thoirt air adhart	21	21	-	-
	Tabhartas Gus Cuideachadh (TGC) - bun loidhne	5,125	5,125	-	-
	Maoineachadh TGCa bharrachd	350	350	-	-
	BUIDSEATIOMLAN	5,475	5,475	-	0%
CAITEACHAS	GLAIF	1,140	1,170	30	3%
	Leasachadh eile	2,701	2,707	6	0%
	COSGAISEAN LEASACHADH IOMLAN	3,841	3,877	36	1%
	Cosgaisean luchd-obrach	1,219	1,187	-32	-3%
	Cosgaisean obrachaidh eile	415	423	8	2%
	COSGAISEAN OBRACHAIDH UILE	1,634	1,610	24	-1%
	COSGAISEAN IOMLAN	5,475	5,487	12	0%

3. Moladh

3.1. Thathas ag iarraidh air a' Bhòrd-stiùiridh:

- Beachdachadh air an aithisg agus am fiosrachadh a thoirt fa-near.

4. Prìomh Bhuidhean Ro-innleachdail

- 4.1. Buidh air ionmhas: Mar a chaidh a mhìneachadh gu h-àrd.
- 4.2. Buidh air luchd-obrach: N/A
- 4.3. Buidh air trèanadh: N/A
- 4.4. Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachdail agus Corporra: Bidh ar n-obair a' fiosrachadh agus a' toirt buaidh air leasachadh na Gàidhlig agus poileasaidhean a bheir buaidh air a' Ghàidhlig.
- 4.5. Buidhean air cliù: Tha e cudromach gun lean Bòrd na Gàidhlig air adhart a' taisbeanadh riaghladh èifeachdach air an ionmhas aige.
- 4.6. Buidhean air Slàinte is Sàbhailteachd: N/A
- 4.7. Buidhean Laghail: N/A
- 4.8. Buidhean air Co-ionannachd: N/A
- 4.9. Buidhean air an Àrainneachd: N/A

5. Ceanglaichean ri Frèama-obrach Coileanadh Nàiseanta

Còraichean Daonna	<input type="checkbox"/>	Clann is Òigridh	<input type="checkbox"/>
Cultar	<input type="checkbox"/>	Coimhearsnachd	<input type="checkbox"/>
Àrainneachd	<input type="checkbox"/>	Bochdainn	<input type="checkbox"/>
Slàinte	<input type="checkbox"/>	Eadar-nàiseanta	<input type="checkbox"/>
Foghlam	<input type="checkbox"/>	Eaconamaidh	<input type="checkbox"/>
Gnothachasan Soirbheachail is ùr-gnàthach			<input checked="" type="checkbox"/>

6. Cùrsa Riaghlachais

- 6.1. Thug a' Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan fa-near don phàipear air 6 Cèitean 2025.
- 6.2. Air aontachadh leis an Sgioba-stiùiridh air 16 Giblean 2025.

7. Dearbhadh air Cuairteachadh na Sgrìobhainn

- 7.1. 'S e pàipear fosgailte a tha seo.

Coinneamh:	Bòrd-stiùiridh
Ceann-là:	26 Ògmhios 2025
Tìotal:	Aithisg air adhartas leis a' Phlana Nàiseanta 2023-28
Gnìomh a dhìth:	Airson Deasbad
Àireamh pàipear:	4.1
Neach-labhairt:	Ealasaid Dhòmhnallach, Ceannard
Pàipearan-taic:	PT1 - Geàrr-chunntas air adhartas air gnìomhan a' Phlana Nàiseanta

1. Adhbhar

- 1.1. Airson fiosrachadh a thoirt do Bhuill a' Bhùird-stiùiridh mu adhartas air coileanadh nan Raointean Prìomhachais agus gnìomhan a tha air aithneachadh anns a' Phlana Nàiseanta 2023-28 agus cothrom a thoirt air beachdachadh air na tha fhathast ri choileanadh anns a' Phlana.
- 1.2. An dèidh beachdan a Bhùird-stiùiridh fhaighinn thig am fiosrachadh air adhart chun an Riaghaltais airson beachdachadh air de tha dhith anns an ùine a tha romhainn airson amasan a' Phlana a choileanadh.

2. Cùl-fhiosrachadh/Prìomh aithris

- 2.1. Tha am Plana Nàiseanta a' toirt iomradh air Raointean Prìomhachais agus gnìomhan airson Gàidhlig a bhrosnachadh thar nan còig bliadhna. Chan eil gnìomhan ceangailte ris a h-uile prìomhachas agus tha prìomhachasan anns a' Phlana aig nach eil gnìomhan sònraichte ceangailte. Tha am pàipear aig PT1 a sealltainn nam prìomhachasan agus nan gnìomhan agus gan ceangal còmhla far a bheil seo soilleir a dhèanamh.
- 2.2. Tha geàrr-chunntas air na Raointean Prìomhachais agus na gnìomhan agus adhartas ri fhaicinn aig PT1. A mach à 35 gnìomhan, tha fianais ann gu bheil adhartas ga dhèanamh air 21 dhiubh ach gu bheil adhartas/fianais a dhith air na gnìomhan eile.
- 2.3. Tha cuid dhe na gnìomhan soilleir gu leòr airson aithneachadh càite bheil uallach a' suidhe airson an toirt air adhart ach tha ceistean fhathast mu dheidhinn cuid eile. Tha am pàipear taic a toirt seachad beachd air soillearachd agus a' moladh dòighean adhartas a dhèanamh leotha.
- 2.4. Tha obair a dhith gu h-àraidh air raointean prìomhachais na dachaigh, gnìomhachais agus na h-eaconamaidh agus Foghlaim 0-18.

3. Moladh

- 3.1. Gum bi na buill a' toirt fa-near dhan fhiosrachadh anns a' phàipear seo agus a' gabhail beachd air an adhartas agus air an t-soillearachd a tha a dhith airson adhartas a dhèanamh air a' Phlana.

- 3.2. Gun aontaich Buill am fiosrachadh a-nis a chur air adhart chun an Riaghaltais airson measadh farsaing a dhèanamh air adhartas leis a' Phlana gus beachd a ghabhail air na h-amasan agus prìomhachasan anns na bliadhnaichean ri tighinn.

4. Prìomh Bhuidhean Ro-innleachdail

- 4.1. Buidhean air Ionmhas: Chan eil buaidh air ionmhas ged a tha goireasan gu leòr cudromach ma tha gnìomhan agus prìomhachasan a' Phlana rin coileanadh.
- 4.2. Buidhean air Luchd-obrach: Tha am paipear a' toirt fa-near dhan obair a tha luchd-obrach a' Bhùird ris tron bhliadhna.
- 4.3. Buidhean air Trèanadh: Chan eil buaidh ann.
- 4.4. Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra: Tha an aithisg a' toirt iomradh air coileanadh amasan ro-innleachdail agus corporra
- 4.5. Buidhean air Cliù: Tha e riatanach gum bi sinn a' coileanadh nan gnìomhan agus prìomhachasan a tha a' tuiteam air a Bhòrd agus tha seo a' toirt buaidh air cliù Bhòrd na Gàidhlig.
- 4.6. Buidhean air Slàinte is Sàbhailteachd: Chan eil gin ann.
- 4.7. Buidhean Laghail: Tha dleastanasan air Bòrd na Gàidhlig fo sgèith Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.
- 4.8. Buidhean air Co-ionannachd: Chan eil buaidh ann.
- 4.9. Buidhean air an Àrainneachd: Chan eil buaidh ann.

5. Ceanglaichean ri Frèama-obrach Coileanadh Nàiseanta

Còraichean Daonna	<input checked="" type="checkbox"/>	Clann is Òigridh	<input checked="" type="checkbox"/>
Cultar	<input checked="" type="checkbox"/>	Coimhearsnachdan	<input checked="" type="checkbox"/>
Àrainneachd	<input type="checkbox"/>	Bochdainn	<input type="checkbox"/>
Slàinte	<input checked="" type="checkbox"/>	Eadar-nàiseanta	<input type="checkbox"/>
Foghlam	<input checked="" type="checkbox"/>	Eaconamaidh	<input checked="" type="checkbox"/>
Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach			
	<input checked="" type="checkbox"/>		

6. Cùrsa Riaghlachais

- 6.1. Thug an Sgioba-stiùiridh fa-near dhan phàipear seo air 5 Ògmhios 2025.

7. Dearbhadh air Cuairteachadh Sgrìobhainn

- 7.1. 'S e pàipear fosgailte a tha seo.

Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2023 gu 2028 - Adhartas air Raointean Prìomhachais agus gnìomhan

Coimhearsnachd, Raointean Prìomhachais	iomradh	gnìomh	Adhartas aig an Cèitean 2025
<i>Tha na raointean prìomhachais airson na Coimhearsnachd gu h-ìosal a' toirt seachad fòcas soilleir airson a bhith a' cur ri cleachdadh agus ionnsachadh na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan agus air am beachdaich ùghdarrasan fhad 's a tha iad a' deasachadh nam planaichean Gàidhlig aca.</i>			
Lionraidhean coimhearsnachd na Gàidhlig agus coimhearsnachdan air-loidhne			
Ag aithneachadh Sgìrean a tha Cudromach dhan Ghàidhlig	A2	Ag aithneachadh gu bheil sgìrean a tha cudromach dhan chànan agus aig a bheil feumalachdan eadar-dhealaichte – nithear barrachd beachdachaidh sònraichte air seo agus thèid ceumannan a ghabhail gus am bi cruthachadh agus libhrigeadh poileasaidh a rèir seo thar beatha phoblach na h-Alba.	Bile na Canain aig ìre 3 ann a Phàrlamaid na h-Alba air 17/6/25 - tha Sgìrean Gàidhlig aithnichte mar phàirt dhen Bhile
Planaichean Gàidhlig stèidhichte sa choimhearsnachd	A1	Thèid Planaichean Gàidhlig Coimhearsnachd a chruthachadh airson 3 prìomh choimhearsnachdan Gàidhlig le taic agus Stiùireadh air ullachadh, air am faigh coimhearsnachdan eile cothrom ro 2028.	Dreach Phlanaichean aig Coimhearsnachd Uibhist agus cuideachd aig Coimhearsnachd Iar Thuath Leòdhais
Measaidhean Buidh Coimhearsnachd Eileanach			
Lionra Oifigearan Leasachaidh na Gàidhlig	A3	Bho 2024 bidh lionra aithnichte de dh'Oifigearan Gàidhlig ann le goireasan iomchaidh. Thèid seo a chumail suas agus thèid taic a chumail ris na h-oifigearan gus raon de ghnìomhachdan leasachaidh Gàidhlig agus sòisealta a thoirt	lìonra aithnichte de dh'Oifigearan Gàidhlig stèidhichte
Gaelic community events and activities for young people	F5	Thèid gnìomhan taobh a-muigh a' churraicealaim airson FtG a cho-òrdanachadh agus thèid taic a chumail riutha ann an Ro-innleachd Òigridh Gàidhlig a bhios a-mach airson co-chomhairle airson 2026. – a' gabhail a-steach mar eisimpleir, spòrs, cultar, deasbadan agus cur-seachadan	Tha CnaG a toirt air adhart an obair a Ro-innleachd Òigridh le dùil gum bith dreach a dol gu co-chomhairle poblach as an Gearran 2025
Tachartasan coimhearsnachd Gàidhlig agus curseachadan do dhaoine òga	A4	Thèid taic a thoirt dhan Ghàidhlig ann am beatha agus obair Urrasan Coimhearsnachd, buidhnean treas roinne, eaglaisean agus buidhnean creideimh agus thèid am brosnachadh barrachd, gu sònraichte ann an sgìrean le àireamh-sluaigh	Taic ga thoirt seachad nuair a tha iarrtasan a tighinn a staigh ach barrachd a dhith a thaobh fhaighinn faisg
Urrasan coimhearsnachd agus buidhnean san treas roinn, Eaglaisean agus buidhnean creideimh	A4	agus obair Urrasan Coimhearsnachd, buidhnean treas roinne, eaglaisean agus buidhnean creideimh agus thèid am brosnachadh barrachd, gu sònraichte ann an sgìrean le àireamh-sluaigh ìosal.	Taic ga thoirt seachad nuair a tha iarrtasan a tighinn a staigh ach barrachd a dhith a thaobh fhaighinn faisg

An Dachaigh, Raointean Prìomhachais	iomradh	gnìomh	Adhartas aig an Cèitean 2025
<i>Tha na raointean prìomhachas Dachaigh gu h-ìosal a’ toirt seachad fòcas soilleir airson a bhith a’ meudachadh cleachdadh agus ionnsachadh na Gàidhlig ann an Dachaighean agus air am beachdaich ùghdarrasan fhad ‘s a tha iad a’ deasachadh nam planaichean Gàidhlig aca.</i>			
Goireasan didseatach a tha a’ libhrigeadh deagh chleachdadh is ionnsachadh na Gàidhlig san dachaigh			
NHS agus ùghdarrasan poblach a’ brosnachadh na Gàidhlig san dachaigh			
Leabhraichean agus goireasan Gàidhlig			Taic maoineachaidh air a thoirt seachad gu Comhairle nan Leabhraichean, Acair agus Stòrlann
Taic ri ceuman a bhrosnaicheas cleachdadh na Gàidhlig ann an dachaighean			
A’ brosnachadh dhaoine gus barrachd cleachdadh na Gàidhlig a thoirt a-steach san dachaigh a-rithist			
Oifigearan Coimhearsnachd a’ cumail taic ri cleachdadh na Gàidhlig san dachaigh	B3	Thèid comhairle ullachadh do phròiseactan Gàidhlig agus oifigearan leasachaidh Gàidhlig air a’ bhuaidh a dh’fhaodadh a bhith aca air cleachdadh na Gàidhlig san dachaigh.	
Solar Tràth-bhliadhnaichean FtG aois 0-3 agus iomairtean co-cheangailte	B1	Thèid pròiseact pileat nàiseanta a stèidheachadh gus taic a thoirt do dh’ionadan Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig 0-3 agus gus fàs a thoirt air le solar nas fheàrr de sheirbheisean cùram-chloinne Gàidhlig rim faighinn a tha a’ toirt trèanadh do stiùirichean-cluiche agus a tha ceangailte ri bun-phreantasachdan.	Chaidh Aithisg sgrùdaidh a rinn an t-Ollamh Wilson MacLeod fhoillseachadh ann a 2024 agus tha BnG a nis a toirt air adhart an obair seo an dèidh aithisg aontachadh le Comataidh Poileasaidh agus Ghoireasan aig a Bhòrd
Taic gus Gàidhlig ionnsachadh do Phàrantan FtG	B2	Thèid an taic a th’ ann do phàrantan FtG ath-sgrùdadh is a neartachadh.	

Gnìomhachasan Cruthachail, Raointean Prìomhachais	iomradh	gnìomh	Adhartas aig an Cèitean 2025
<i>Tha na raointean prìomhachais airson nan Gnìomhachasan Cruthachail gu h-ìosal a’ toirt seachad fòcas soilleir airson a bhith a’ cur ri cleachdadh agus ionnsachadh na Gàidhlig anns na Gnìomhachasan Cruthachail agus air am beachdaich ùghdarrasan fhad ’s a tha iad a’ deasachadh nam planaichean Gàidhlig aca.</i>			
MG ALBA agus lìonra de chompanaidhean meadhanan Gàidhlig	C5	Bidh gach buidheann iomchaidh ag obair còmhla gus deiligidh ris an easbaidh a tha mu choinneamh BBC ALBA ann an craoladh ann am mion-chànan agus ag aithneachadh a’ chomais eaconamaich, shòisealta agus foghlaim a tha aig craoladh Gàidhlig gus taic a chumail ri coimhearsnachd an luchd-labhairt.	"tha adhartas air a bhith ann san t-seagh gu robh còmhraidhean ann eadar riaghaltsan na h-Alba agus na RA. Agus tha DCMS air bruidhinn ri daoine aig a bheil eòlas air suidheachadh nam meadhanan Gàidhlig mar phàirt den obair measaidh aca air maoineachadh nam meadhanan mion-chànanach."
Taic MG ALBA ris na h-ealainean Gàidhlig			
Gnìomhan sna meadhanan a tha tarraingeach do dhaoine òga			
Fèisean nan Gàidheal	C4	Aithnichidh planaichean Gàidhlig aig ùghdarrasan poblach an comas a th’ aig buidhnean Gàidhlig leithid Fèisean nan Gàidheal, Ceòlas agus An Comann Gàidhealach cur ris an taic a th’ aca dhan Ghàidhlig sna sgìrean aca.	Tha fianais ri fhaicinn as na planaichean gu bheil foir aig na ùghdarrasan poblach air na Buidhnean Gàidhlig
Buidhnean, gnìomhan agus fèisean ealain	C1	Thèid ro-innleachd Ghàidhlig ullachadh le prìomhachasan ann an turasachd, ealainean, dualchas agus an eaconamaidh, le VisitScotland, Alba Chruthachail agus Àrainneachd Eachdraidheil Alba ag obair còmhla air seo.	Chaidh Ro-innleachd turasachd na Gàidhlig do dh’Alba 2024-2029 fhoillseachadh le Visit Scotland
Buidhnean ealainean Gàidhlig	C3	Co-òrdanaichidh Bòrd na Gàidhlig com-pàirteachas le Alba Chruthachail a bhios a’ stiùireadh cruthachadh agus deasachadh Ro-innleachd Ealainean Gàidhlig Nàiseanta	Cha robh ùine aig Alba Chruthachail Coimhead air a seo gus a robh a Sgeama Maoineachaidh ioma-bliadhna aca a ruith. Tòiseachaidh an Còmhraidh anns an t-samhradh 2025
Am Mòd Nàiseanta Rìoghail	C2	A’ togail air an ro-innleachd seo, bidh an com-pàirteachas seo ag obair gu gnìomhach le compàirteachasan Leasachadh Luchd-obrach Òga (DWY) gus bun-phreantasachdan Gàidhlig agus nua-phreantasachdan Gàidhlig a chruthachadh anns na h-ealainean, turasachd dualchais agus san eaconamaidh cho-cheangailte.	
Taic gus susbaint meadhanan didseatach a chruthachadh agus a chleachdadh			

Gnìomhachas agus an Eaconamaidh, Raointean Prìomhachais	iomradh	gnìomh	Adhartas aig an Cèitean 2025
<i>Tha na raointean prìomhachais airson Gnìomhachas agus an Eaconamaidh gu h-ìosal a’ toirt seachad fòcas soilleir airson a bhith a’ cur ri cleachdadh agus ionnsachadh na Gàidhlig san raon seo agus air am beachdaich ùghdarrasan fhad ’s a tha iad a’ deasachadh nam planaichean Gàidhlig aca.</i>	D2	Bho 2024 bu chòir do Mheasaidhean Buidh Coimhearsnachd nan Eilean, far a bheil iad seo a dhith, a bhith a’ dèanamh cinnteach gu bheil a’ beachdachadh gu ceart air buaidhean cànanach ann an leasachaidhean bun-structair ann an sgìrean a tha cudromach a thaobh a’ chàinain.	
Gàidhlig san àite-obrach, seirbheisean agus bathar			Tha HIE air modal trèinidh a chruthachadh dhan luchd obrach aca fhèin agus tha iad air sgeulachdan soirbheachais a chruinneachadh bho Gnìomhachasan ris a bheil iad ag obair
Buidh eaconamach na Gàidhlig ann an Alba	D3	Beachdaichidh na h-ùghdarrasan poblach aig a bheil raon-ùghdarras leasachaidh airson roinnean le buaidh eaconamach agus aig a bheil Plana Gàidhlig air leasachadh na Gàidhlig mar stòras eaconamach agus nì iad ro-innleachd air seo.	Tha HIE air a bhith ag obair le prìomh bhuidhnean Gàidhlig gus taic a thoirt don obair aca. Tha iad air na raointean a leanas a chomharrachadh: <ul style="list-style-type: none">•Buidh Eaconamach na Gàidhlig•Buidh Shòisealta na Gàidhlig•Slighean a tha a dhith gus buaidh a Gàidhlig àrdachadh agus luchd-obrach a bhrosnachadh as a chanain
Sgilean tionnsgalachd is ceannais Gàidhlig	D4	Thèid seata-innealan sgilean tionnsgalachd is ceannais gnìomhachais a chruthachadh	Chaidh 2 phròiseact pileat a ruith: Cruthachadh Chothroman: A' Cur ri Fàs san àm ri Teachd agus Maoin Dùbhlain Dhidseatach Gàidhlig
Margaidh obrach na Gàidhlig, leasachadh sgilean agus prògraman trèanaidh			
Cothroman obrach san roinn phoblaich agus phrìobhaidich			
FtG, preantasachdan agus dreuchdan	D1	Bidh Bun-phreantasachdan agus Nua-phreantasachdan rim faighinn agus thèid am brosnachadh do sgoilearan san ìre as àirde a tha ag iarraidh a bhith ag obair anns na tràth-bhliadhnaichean is cùram-sòisealta, na gnìomhachasan cruthachail, cultar, dualchas, turasachd, spòrs, biadh is deoch agus an àrainneachd nàdarra.	Tha SDS a’ ruith prògraman ionnsachaidh stèidhichte air obair, leithid Bun-phreantasachdan agus Nua-phreantasachdan do sgoilearan air feadh Alba. Mar phàirt den iomairt Adhartais nas Luaithe, bidh SDS agus HIE a’ stiùireadh sruth-obrach an Eaconamaidh is Margaidh Làbarach far a bheil iad, còmhla ri ar luchd-ùidh, a’ coimhead air dòighean air seo a leudachadh agus cothroman a thoirt do sgoilearan/preantasan a bhith ag obair ann an àitean-obrach Ghàidhlig. Tha iad a coimhead air frèamaichean ùra a leasachadh a bharrachd air an fheadhainn a tha iad a’ libhrigeadh an dràsta agus tha iad ag obair le Buidhnean eile gus frèamaichean ùra a leasachadh agus a chur an gnìomh. Bidh iad cuideachd a’ cur air dòigh agus/no a’ frithealadh thachartasan Dreuchdail agus tha iad cuideachd air co-labhairtean a libhrigeadh do sgoilearan FtG/FtG a’ soilleireachadh buannachdan sgilean Gàidhlig agus na cothroman a ri fhaighinn às dèidh na sgoile.

Ùghdarrasan Poblach, Raointean Prìomhachais	iomradh	gnìomh	Adhartas aig an Cèitean 2025
<i>Tha na raointean prìomhachais airson ùghdarrasan poblach gu h-ìosal a’ toirt seachad fòcas soilleir airson a bhith a’ cur ri cleachdadh agus ionnsachadh na Gàidhlig ann an obair ùghdarrasan poblach agus air am beachdaich iad fhad ’s a tha iad a’ deasachadh nam planaichean Gàidhlig aca.</i>	E4	Nithear barrachd rannsachaidh air a’ phàirt a th’ aig a’ Ghàidhlig agus a cultar ann a bhith a’ brosnachadh fèin-spèis, slàinte is sunnd agus nithear barrachd adhartais ann a bhith a’ cruthachadh chothroman sòisealta is eaconamach co-cheangailte ris an àrainneachd nàdarra.	
Planaichean Gàidhlig	E1	Thèid an siostam de Phlanaichean Gàidhlig athsgrùdadh agus thèid an Stiùireadh air Planaichean Gàidhlig ath-sgrùdadh is ùrachadh ann an 2024. Bheir Bòrd na Gàidhlig taic agus comhairle seachad cuideachd airson planaichean Gàidhlig saor-thoileach.	Chaidh Stiùireadh air Planaichean Gàidhlig ath-sgrùdadh is ùrachadh ann an 2024
	E3	Thèid buidheann oifigearan nam planaichean Gàidhlig a chur air bhog a-rithist bho 2024 gus taic a thoirt do na h-ùghdarrasan agus na buidhnean sin le am planaichean fa leth agus airson a bhith a’ brosnachadh co-roinn deagh chleachdadh.	Mar phàirt de coinneamhan Lionra Oifigearan ach bith coinneamhan sònraichte ann bhon Dàmhair 2025
Bile nan Cànan Albannach le ullachadh airson na Gàidhlig			A nis aig ìre 3 ann a Pàrlamaid na h-Alba
Faicsinneachd agus Soidhnichean Gàidhlig	E2	Cumaidh planaichean Gàidhlig taic ri iomairtean a chuireas ri faicsinneachd na Gàidhlig air feadh na h-Alba.	Mar phàirt de phlanaichean Gàidhlig - ach feumach air leirmheas
Ùghdarrasan Poblach ag obair ann an coimhearsnachdan traidiseanta na Gàidhlig	E5	Gabhaidh Planaichean Àite Ionadail a chleachdadh gus taic agus neartachadh a thoirt dhan Ghàidhlig ann an Coimhearsnachdan. Thèid an cothrom seo a bhrosnachadh agus thèid eisimpleirean de dheagh chleachdadh a cho-roinn.	
Ullachaidhean Gàidhlig ann am Measadh Buaidh Coimhearsnachdan nan Eilean	E6	Bidh buidhnean agus ùghdarrasan a tha ag obair ann an sgìrean eileanach a’ deasachadh Measaidhean Buaidh Coimhearsnachd nan Eilean, a’ toirt aire do na gealltanasan aca a thaobh na Gàidhlig.	

Foghlam 0-18, Raointean, prìomhachais	iomradh	gnìomh	Adhartas aig an Cèitean 2025
<i>Tha na raointean prìomhachais airson foghlaim sgoile gu h-ìosal a' toirt seachad fòcas soilleir airson a bhith a' cur ri cleachdadh agus ionnsachadh na Gàidhlig ann am foghlam agus air am beachdaich ùghdarrasan fhad 's a tha iad a' deasachadh nam planaichean Gàidhlig aca.</i>	F1	Thèid an Stiùireadh Reachdail air Foghlam Gàidhlig ath-sgrùdadh agus an uair sin thèid a bhrosnachadh gu farsaing taobh a-staigh saoghal foghlam na h-Alba agus dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile duine a tha an sàs ann am FtG a' cumail ris na prionnsabalan ann.	Co-chomhairle poblach air a chrìochnachadh 2025
Solar Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig sna Tràth-bhliadhnaichean, sa Bhun-sgoil agus san Àrd-sgoil	F2	Thèid Maoin Calpa nan Sgoiltean Gàidhlig a chleachdadh gus fàs a thoirt air FtG a' gabhail a-steach sgoiltean fa leth ann am beatha a' Phlana seo.	
Lìbhrigeadh curraicealaim FtG air-loidhne gu didseatach	F6	Thèid dòigh-obrach cho-òrdanaichte a chruthachadh airson taic FtG do thidsearan ann an sgoiltean.	
Goireasan agus trèanadh gus taic a chumail ri clann agus òigridh le feumalachdan taic a bharrachd	F3	Thèid dòigh-obrach ro-innleachdail ùr a chruthachadh airson Foghlam tro mheadhan na Gàidhlig.	
Curraicealam FtG, Foghlam Farsaing Coitcheann agus an ìre as Àirde ann an roinn na h-àrd-sgoile	F7	Bidh taic ann gus an roghainn de chuspairean FtG aig ìre na h-àrd-sgoile a leudachadh	
Taic agus goireasan airson FtG	F6	Thèid dòigh-obrach cho-òrdanaichte a chruthachadh airson taic FtG do thidsearan ann an sgoiltean.	
Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) aig L2, L3, Foghlam Farsainn Coitcheann agus aig an ìre as Àirde	F4	na Gàidhlig mar phàirt bhunaiteach de dh'obair bhuidhnean foghlaim leithid Buidheann Comhairleachaidh Planadh Feachd-obrach an Luchdteagaisg, am Bòrd Ro-innleachdail airson Foghlam Luchd-teagaisg agus thar gach taobh de dh'athleasachadh foghlaim.	

Ionnsachadh às dèidh ìre sgoile agus ionnsachadh inbheach, Raointean Prìomhachais	iomradh	gnìomh	Adhartas aig an Cèitean 2025
<i>Tha na raointean prìomhachais airson foghlaim inbheach agus às dèidh ìre sgoile gu h-ìosal a’ toirt seachad fòcas soilleir airson a bhith a’ cur ri cleachdadh agus ionnsachadh na Gàidhlig ann am foghlam inbheach agus às dèidh ìre sgoile agus air am beachdaich ùghdarrasan fhad ‘s a tha iad a’ deasachadh nam planaichean Gàidhlig aca.</i>	G1	Bidh Bòrd na Gàidhlig a’ co-òrdanachadh agus a’ libhrigeadh Ro-innleachd Ionnsachaidh Inbheach	Thoisich an obair air a ro-innleachd nuair a chaidh ìre 1 de Phròiseact Speak Gaelic a chrìochnachadh agus bith aithisg a dol gu Buill Bhòrd na Gàidhlig as an Dàmhair 2025
SpeakGaelic agus cothroman foghlaim inbheach eile do luchd-ionnsachaidh	G3	Bithear a’ cumail taic ri SpeakGaelic gus an tèid obair leasachaidh air a’ chùrsa a chrìochnachadh ro dheireadh 2024	Chaidh ìre 1 a chrìochnachadh ro Mairt 2025 agus thaing aithisg a staigh. Tha Sgioba na Pròiseact a beachdachadh air an ath cheum agus bith a Ro-innleachd ionnsachaidh Inbhich a toirt stiùir dhan ath cheum
Sgilean Gàidhlig ann an cothroman cosnaidh, slighean fastaidh, trèanadh sgilean agus preantasachdan	G4	Bidh trèanadh agus taic ri fhaotainn do luchd-taic cànan airson FtG	Tha na Luchd-cuideachaidh Cànan FtMG ag obair airson Comhairlean Ionadail agus leis a sin tha uallach air na Comhairlean a dhèanamh cinnteach gu bheil trèanadh aca. Tha cuid dhiubh a gabhail pàirt ann a programan preantasachd ann an àiteachan-obrach le Gàidhlig mar ionadan Tràth-bhladhnaichean agus sgoiltean-àraich. Tro na modhan-obrach càileachd aca, bith SDS a’ dèanamh cinnteach gu bheil trèanadh agus taic aig na luchd-trèanaidh aca, agus bith iad a’ cumail sùil air na cunnradairean a bhios a’ libhrigeadh nam prògraman sin.
Foghlam Tùsail Luchd-teagaisg airson FtG	G2	A’ brosnachadh agus a’ cumail taic ri slighean a-steach gu teagasg FtG	Tha BnG a cumail taic ro SMO agus na h-oilthighean agus a toirt seachad fios air slighean gu teagasg airson sgoileirean agus oileanaich
Cùrsaichean proifeiseanta do luchd-obrach tràthbhladhnaichean ann an roinn FtG			
Leasachadh proifeiseanta ann an ceannardas air feadh FtG			
Ionnsachadh na Gàidhlig ann an ionadan Foghlam Adhartach/ Foghlam Àrd-ìre	G5	Cumaidh Bòrd na Gàidhlig air a’ stiùireadh Buidheann-obrach Acadaimigeach na Gàidhlig a tha a’ cruthachadh dòigh-obrach ro-innleachdail a thaobh gach riatanas corpais iomchaidh	Bheachdaich coinneamh BOAG san t-Samhain 2024 air pàipear air an dòigh-obrach san àm ri teachd a thaobh riatanasan corpus - mar thoradh air an seo chuir BnG tairgse a-mach san Dùbhlachd 2024 airson an obair seo a leasachadh.
Rannsachadh Gàidhlig agus leasachadh air a’ Bhunstructair Chànanach	G6	Leantar agus neartaichear an taic a th’ ann airson iomairtean bun-structair cànan. Thèid roinnleachd airson leasachadh, co-òrdanachadh agus cumail suas ghoireasan cànan a chruthachadh airson 2025 agus bidh i an uair sin na pàirt den obair leantainneach aig Buidheann-obrach Acadaimigeach na Gàidhlig (BOAG)	Chaidh cumhnant aontachadh le Oilthigh Ghlaschu airson seo a thoirt air adhart agus bith BOAG a tighinn còmhla ann a 2025 airson adhartas a dhèanamh air a seo

Coinneamh:	Bòrd-stiùiridh
Ceann-là:	26 Ògmhios 2025
Tìotal:	Sgeama Oifigearan Gàidhlig 2025-28
Gnìomh a dhìth:	Airson fiosrachadh
Àireamh pàipear:	4.2
Neach-labhairt:	Iain Mac a' Mhaoilein, Stiùiriche Leasachaidh
Pàipearan-taic:	Chan eil

1. Adhbhar

- 1.1. A' toirt fiosrachadh dhan Bhòrd-stiùiridh airson Sgeama Oifigearan Gàidhlig 2025-28 (san t-seisean fhosgailte den choinneimh).

2. Cùl-fhiosrachadh

- 2.1. Aig coinneamh a' Bhùird-stiùiridh anns a' Mhairt 2025, dh'aontaich am Bòrd ri cuairt ùr den Sgeama Oifigearan Gàidhlig a ruith eadar an t-Iuchar 2025 is am Màrt 2028 agus gum biodh buidseat de £630,000 air a chomharrachadh mu choinneimh an Sgeama ann am bliadhna-ionmhais 2025/26, 2026/27 agus 2027/28.
- 2.2. Chaidh an Sgeama fhosgladh airson iarrtasan air 1 Chèitean 2025 agus chaidh a dhùnadh air 5 Ògmhios 2025.

3. Prìomh Aithris

- 3.1. Thathar a' toirt fiosrachadh seachad dhan Bhòrd-stiùiridh leis a' phàipear seo air an Sgeama Oifigearan Gàidhlig 2025-28, is dùil gum bi molaidhean taic-airgid air a chur mu choinneamh a' Bhùird-stiùiridh aig coinneamh fa-leth, gus ùine fhreagarrach a thoirt do dh'oifigearan na h-iarrtasan a fhuaras a mheasadh.
- 3.2. Fhuaras 44 iarrtasan airson an sgeama, a' sireadh taic luach còrr is £3.25M eadar an t-Iuchar 2025 is am Màrt 2028, is tha seo thairis air a' bhuidseat de £1.65M (£600k p.a. airson na h-ùine sin).
- 3.3. Thathar ag aithneachadh a' chothruim shònraichte anns a' chuairt ùir dhen Sgeama a chaidh fhoillseachadh le prìomhachasan ùra, clàr-ama nas fhaide gus buaidh na h-obrach a dhaingneachadh is cinnt a thoirt do dh'oifigearan is buidhnean air na dreuchdan aca, is toraidhean a bharrachd a choileanadh.

Prìomhachasan

- 3.4. Leis a' chuairt ùir den Sgeama, 's e na prìomhachasan ùra dhan Sgeama taic a chumail ri dreuchdan a bhios:
- A' cumail taic ri cleachdadh làitheil den Ghàidhlig ann an coimhearsnachdan
 - A' toirt leasachadh air planaichean Gàidhlig coimhearsnachd
 - A' cumail taic ri ionadan Gàidhlig is tachartasan annta
 - A' dol an sàs ann an obair ann an com-pàirt eadar buidhnean a tha a' libhrigeadh sheirbheisean Gàidhlig
- 3.5. Thathar a' cur luach sònraichte tron sgeama an turas-sa air buidhnean a tha a' sealltainn gum bi iad:
- A' toirt buaidh fhollaiseach is fhaicsinneach sa choimhearsnachd aca
 - Ag obair ann an com-pàirteachas le buidhnean eile le oifigearan Gàidhlig
 - A' measadh buaidh na h-obrach aca a thaobh cànan
 - A' cur taic ri cothroman trèanaidh is leasachadh proifeasanta dha na h-oifigearan aca

Measadh agus co-dhùnaidhean

- 3.6. Bidh oifigearan a' measadh nan iarrtasan tron Ògmhios is tha na measaidhean seo stèidhichte air slatan-tomhais mar a leanas:
- A' toirt fàs air cleachdadh na Gàidhlig aig ìre na coimhearsnachd
 - Dè cho soilleir is a tha an t-iarrtas a thaobh mar a bhios obair ann an com-pàirt ann eadar an t-oifigear is buidhnean coimhearsnachd
 - Buaidh air Gàidhlig sa choimhearsnachd ris a bheilear an dùil bho thoraidhean obair an oifigeir
 - Luach an airgid air a thoirt seachad airson an tabhartais air iarraidh (a' gabhail a-steach taic-airgid bho thùsan eile)
 - Comasan a bhith a' sgrùdadh is ag aithris air adhartas (a' gabhail a-steach mar a chaidh aithisgean a thoirt seachad a-cheana)
 - Coileanadh slatan-tomhais air Dleastanasan Sòisealta
- 3.7. Thèid molaidhean nan oifigearan a chur dhan Sgioba-stiùiridh airson breithneachadh orra seo is airson dearbhadh gu bheil solar freagarrach de dh'oifigearan ann an sgìrean air feadh na dùthcha, a rèir far a bheil àireamhan is dùmhlachd de luchd-labhairt na Gàidhlig a rèir cunntas-sluaigh 2022, is thèid na molaidhean aca a chur air ar beulaibh mar Bhòrd-stiùiridh airson co-dhùnaidhean a ruighinn air pàipear fa-leth bhon fhear seo.
- 3.8. Far nach eil iarrtas aig buidheann a tha air a maoineachadh tron Sgeama an-dràsta soirbheachail, thathar an dùil gum bi taic-airgid gheàrr-ùine air a thabhann dhan bhuidheann gus co-dhiù 31 Lùnastal 2025 gus a bheil cothrom ann an neach a chumail san dreuchd airson greiseag gus beachdachadh air slighe air adhart.

Taic phroifeasanta do dh'oifigearan

- 3.9. Tha £30,000 den bhuidseat bhliadhnail air aontachadh airson cothroman trèanaidh do dh'oifigearan leasachaidh Gàidhlig.
- 3.10. Leis a sin, tha còmhraidh air a dhol air adhart le UHI airson atharraichean a dhèanamh air cùrsa PGCert a tha iad a' tabhann an-dràsta. Tha 3 modalan aca an lùib MSc Sustainability and Rural Regeneration a tha iad a' toirt còmhla airson PGCert. Tha dà mheadal freagarrach agus feumail airson oifigearan leasachaidh ann an Coimhearsnachdan. Is e iad sin: Working with Communities agus The Economics of Community Wealthbuilding. Tha iad toilichte modal ùr a chruthachadh a tha a' cur ri dìon na Gàidhlig anns na coimhearsnachdan.
- 3.11. Thathar cuideachd air a bhith ag obair còmhla ris an Social Enterprise Academy airson taic a thoirt seachad do dh'oifigearan agus airson togail air na cùrsaichean taic a tha iad air a bhith a' ruith anns na bliadhnaichean a dh'fhalbh.
- 3.12. A bharrachd air seo, bidh Lìonra nan Oifigearan Gàidhlig fhathast air a ruith le cothroman còmhraidh is coinneachaidh am measg oifigearan leasachaidh is oifigearan aig ùghdarrasan le plana Gàidhlig.

4. Moladh

Thathar a' moladh

- 4.1. Gun gabh am Bòrd-stiùiridh fa-near dhan fhiosrachadh sa phàipear seo.

5. Prìomh Bhuidhean Ro-innleachdach

- 5.1. **Buidhean air Ionmhas:** Thathar an dùil buidseat £630,000 a chur mu choinneimh an sgeama gach bliadhna-ionmhais eadar 2025/26 is 2027/28. Tha £510,000 de seo a' tighinn bho airgead sònraichte bho Riaghaltas na h-Alba ann an 2025/26, is £120,000 bho buidseat leasachadh eile a th' aig Bòrd na Gàidhlig.
- 5.2. **Buidhean air Luchd-obrach:** Bidh an Stiùiriche Leasachaidh, Manaidsear Maoineachaidh is Phròiseactan is Manaidsear Gnìomhan a' measadh nan iarrtasan is a' cur fios dhan Sgioba-stiùiridh airson beachdachadh air mus tèid molaidhean a dhèanamh do choinneimh a' Bhùird-stiùiridh.
- 5.3. **Buidhean air Trèanadh:** Bidh trèanadh air a thoirt seachad mar phàirt den Sgeama do dh'oifigearan leasachaidh, gus sgilean is eòlas nan oifigearan a leasachadh. Dh'fhaodte gum biodh cothrom ann cuid de dh'oifigearan aig Bòrd na Gàidhlig a chur air na prògraman/cùrsaichean seo cuideachd gus a bheil iad fhèin faighinn a' chothruim leasachaidh.
- 5.4. **Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra:** Tha seo a' cur taic ris na h-amasan a leanas bho Phlana Chorporra Bòrd na Gàidhlig 2023-28:
 - Cuir taic ri leudachadh co-ionadan leasachaidh Gàidhlig
 - Stiùir agus cuir taic ri cruthachadh Planaichean Gàidhlig air an stiùireadh leis a' choimhearsnachd

Font: +Body (Aptos)

Page 36: [70] Formatted	Jennifer McHarrie	16/06/2025 11:41:00
--------------------------------	--------------------------	----------------------------

Font: +Body (Aptos)

Page 36: [71] Formatted	Jennifer McHarrie	16/06/2025 11:41:00
--------------------------------	--------------------------	----------------------------

Font: +Body (Aptos)

Page 36: [72] Formatted	Jennifer McHarrie	16/06/2025 11:41:00
--------------------------------	--------------------------	----------------------------

Normal

Page 36: [73] Formatted	Jennifer McHarrie	16/06/2025 11:41:00
--------------------------------	--------------------------	----------------------------

Font: +Body (Aptos)

Page 36: [73] Formatted	Jennifer McHarrie	16/06/2025 11:41:00
--------------------------------	--------------------------	----------------------------

Font: +Body (Aptos)

Coinneamh:	Bòrd-stiùiridh
Ceann-là:	26 Ògmhios 2025
Tìotal:	Aithisg air PCCan a' Phlana Chorporra 2023-28
Gnìomh a dhìth:	Airson Deasbad
Àireamh pàipear:	4.4
Neach-labhairt:	Iain Mac a' Mhaoilein, Stiùiriche Leasachaidh
Pàipearan-taic:	PT1 - Geàrr-chunntas air adhartas a' phlana gnìomh

1. Adhbhar

- 1.1. Airson fiosrachadh a thoirt do Bhuill a' Bhùird-stiùiridh mu adhartas le coileanadh nam prìomh chomharran coileanaidh a tha air aithneachadh anns a' Phlana Chorporra 2023-28 agus airson fios a thoirt seachad air an adhartas leis a' Phlana Gnìomh.

2. Cùl-fhiosrachadh/Prìomh aithris

- 2.1. Dh'aontaich an Riaghaltas ri Plana Nàiseanta 2023-28 anns an Dùbhlachd 2023 agus chaidh am Plana fhèin fhoillseachadh ron Nollaig 2023. Leis a sin cha deach am Plana Chorporra ùr aig Bòrd na Gàidhlig chun a' Bhùird-stiùiridh airson aonta chun a' Mhàirt 2024 agus an uair sin air adhart chun an Riaghaltas airson aonta foirmeil. Dh'aontaich an Riaghaltas ris a' Phlana Chorporra san t-Sultain 2024.
- 2.2. Tha adhartas mu choinneamh nan targaidean sa Phlana Chorporra far a bheil sinn an dùil a bhith aig an ìre seo. Chan eil sinn air raointean sam bith sa Phlana a chomharrachadh far a bheil sinn an dùil ri bacaidhean mòra a thaobh crìochnachadh. Ach, bidh na prìomh bhacaidhean co-cheangailte ri maoineachadh, com-pàirt luchd-ùidh ann am prìomh ro-innleachdan agus comas buidhne. Bithear a' cumail sùil orra sin uile tro ar pròiseasan cunnairt, agus tha iad nam prìomh amas aig an Sgioba-stiùiridh.
- 2.3. Tha an t-adhartas a chaidh a dhèanamh air na na Prìomh Chomharran Coileanaidh (PCC) anns a' Plana Chorporra airson 2023-28 ri fhaicinn sa chlàr gu h-ìosal:

PRÌOMH CHOMHARRA COILEANAIDH		Adhartas gu Mairt 2024
PCC1	Barrachd chothroman do dhaoine an cuid sgilean Gàidhlig a chleachdadh aig an taigh, san obair agus sna coimhearsnachdan aca	<ul style="list-style-type: none">Obair a' dol air 2 Phlana Gàidhlig Coimhearsnachd ann an Uibhist agus Iar Thuath Leòdhais – a dol gu co-chomhairle phoblach tron t-Samhradh

		<ul style="list-style-type: none"> Buidhnean ann a Ceann a Tuath an Eilean Sgitheanach airson Plana coimhearsnachd a chruthachadh ann a compàirteachais eadar Buidhnean Coimhearsnachd 12 Prìomh bhuidhnean lìbhrigidh Gàidhlig a’ dèanamh adhartas air na Planaichean ro-innleachdail aca Lìonra Oifigearan Leasachadh Gàidhlig a’ leantainn orra leis an obair aca – coinneamhan gach mìos. Sgeamaichean tabhartasan a’ cumail taic ri tachartasan anns na coimhearsnachdan
PCC2	Barrachd taic do sholar sna Tràth-bhliadhnaichean	<ul style="list-style-type: none"> Sgeama thabhartasan tràth-bhliadhnaichean air a libhrigeadh (taic ri 28 buidhnean) Chaidh rannsachadh le Wilson MacLeòid air solar 0-3 fhoillseachadh Dreach pàipear air ro-innleachd airson seirbheisean airson tràth-bhliadhnaichean
PCC3	Brosnaich buannachdan Foghlam tro Meadhan na Gàidhlig (FtG) is Foghlam Luchd-ionnsachaidh (FLi)	<ul style="list-style-type: none"> Maoineachadh ga thoirt seachad airson obair Chomann nam Pàrant. Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig ga ùrachadh agus air a dhol tro co-chomhairle poblach
PCC4	Barrachd taic do dh’ionnsachadh na Gàidhlig	<ul style="list-style-type: none"> Sgeama Tabhartasan Foghlaim a’ toirt taic airson tidsearan a thrèanadh/sgilean Gàidhlig a neartachadh (taic ri 45 oileanaich/tidsearan) Aithisg air fhaighinn air ìre 1 den phròiseact SpeakGaelic Paipear air Ro-innleachd ionnsachaidh Inbhich air a chlàr aig a’ choinneimh.
PCC5	Tha barrachd àite aig a’ Ghàidhlig ann an aithne nàiseanta na h-Alba, aithne-dùthcha iom-fhillte is fhosgailte	<ul style="list-style-type: none"> Stiùireadh Reachdail air Planaichean Gàidhlig ùr air aontachadh leis an Riaghaltas Pròiseas nas soilleire agus nas èifeachdaiche a rèir an Stiùiridh ùir Freagairt làidir gu ìre 1 de Bhile nan Cànan Albannach agus fianais gu comataidh Foghlam aig Pàrlamaid na h-Alba Ìre 2 aig Bile na Cànan Albannach air a chrìochnachadh agus a-nis a dol air adhart gu ìre 3. taic maoineachaidh a bharrachd bhon Riaghaltas airson Sgeama Oifigearan ùr.

		<p>Paipear air beulaibh Buill an-diugh airson taic tron sgeama aontachadh</p> <ul style="list-style-type: none"> Sgeama Planaichean Gàidhlig a’ toirt taic do Bhuidhnean aig a bheil Planaichean Gàidhlig, is taic fhad-ùine ri fhaighinn airson a’ chiad uair
PCC6	Tha Bòrd na Gàidhlig èifeachdach na dhreuchd ceannardais agus a’ cur ri libhrigeadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig 4 san fharsaingeachd	<ul style="list-style-type: none"> Seirbheisean gan toirt seachad taobh a staigh a’ bhuidseit mar a tha ri fhaicinn anns na cunntasan bhliadhnail Freagairtean air an cur a staigh air co-chomhairlean poblach Frithealadh aig coinneamhan agus fòraman roinneil is nàiseanta

- 2.4. Tha an t-adhartas a chaidh a dhèanamh gar fàgail ann an suidheachadh làidir airson an àm ri teachd cho fad ‘s a bhios maoineachadh gu leòr ri fhaighinn airson taic a chumail ris na gnìomhan anns a’ Phlana Chorporra.
- 2.5. Aig ìre luchd-obrach tha Plana Gnìomh againn a tha manaidshearan a’ toirt air adhart. Tha geàrr-chunntas air gnìomhan agus adhartas ri fhaicinn aig PT1. A mach à 46 gnìomhan chaidh 22 a crìochnachadh, chaidh adhartas math a dhèanamh air 23 agus bha 1 air nach robh an adhartas ris an robh dùil. Cha robh adhartas air dhèanamh air measadh an sgeama foillseachaidh ach thig an obair seo air adhart a bliadhna.
- 2.6. Leis gur e seo a’ chiad bhliadhna dhen dòigh obrach seo agus Manaidshearan a’ gabhail uallach airson am Plana Gnìomh a choileanadh tha tòrr ionnsachadh air a bhith am measg na h-obrach. Tha ionnsachadh air a bhith ann a thaobh soilleireachd air na a tha fa-near dha na gnìomhan agus dè tha reusanta ri dhèanamh anns an ùine agus leis na goireasan a th’ againn. Tha an t-ionnsachadh againn ga chur gu feum ann an cruthachadh a’ Plana Gnìomh airson na bliadhna seo.
- 2.7. Bha aon ghnìomh nach deach a choileanadh – a bhith a’ cur air dòigh choinneamhan sònraichte airson Oifigearan Planaidh ann am Buidhnean Poblach - ged a bha na cothrom aig na h-oifigearan seo pàirt a ghabhail anns na coinneamhan mìosail aig Lìonra nan Oifigearan. Bidh seo air a choileanadh ron Dàmhair nuair a bhios sgioba slàn de dh’oifigearan againn.
- 2.8. Bha na dhà gnìomhan eile air nach robh adhartas air a dhèanamh ceangailte ri bhith a’ measadh agus a’ cumail clàr air an sgeama foillseachaidh.

3. Moladh

- 3.1. Gum bi na buill a’ toirt fa-near dhan fhiosrachadh anns a’ phàipear seo agus a’ gabhail beachd air an adhartas.

4. Prìomh Bhuaidhean Ro-innleachdail

- 4.1. Buaidhean air Ionmhas: Chan eil buaidh air ionmhas
- 4.2. Buaidhean air Luchd-obrach: Tha am paipear a’ toirt fa-near dhan obair a tha luchd-obrach a’ Bhùird ris tron bhliadhna.

- 4.3. Buidhean air Trèanadh: Chan eil buaidh ann.
- 4.4. Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra: Tha an aithisg a' toirt iomradh air coileanadh amasan ro-innleachdail agus corporra
- 4.5. Buidhean air Cliù: Tha e riatanach gum bi sinn a' coileanadh nam PCCan agus tha seo a' toirt buaidh air cliù Bhòrd na Gàidhlig.
- 4.6. Buidhean air Slàinte is Sàbhailteachd: Chan eil gin ann.
- 4.7. Buidhean Laghail: Tha dleastanasan air Bòrd na Gàidhlig fo sgèith Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.
- 4.8. Buidhean air Co-ionannachd: Chan eil buaidh ann.
- 4.9. Buidhean air an Àrainneachd: Chan eil buaidh ann.

5. Ceanglaichean ri Frèama-obrach Coileanadh Nàiseanta

Còraichean Daonna	<input checked="" type="checkbox"/>	Clann is Òigridh	<input checked="" type="checkbox"/>
Cultar	<input checked="" type="checkbox"/>	Coimhearsnachdan	<input checked="" type="checkbox"/>
Àrainneachd	<input type="checkbox"/>	Bochdainn	<input type="checkbox"/>
Slàinte	<input checked="" type="checkbox"/>	Eadar-nàiseanta	<input type="checkbox"/>
Foghlam	<input checked="" type="checkbox"/>	Eaconamaidh	<input type="checkbox"/>
Gnathachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach			<input checked="" type="checkbox"/>

6. Cùrsa Riaghlachais

- 6.1. Thug an Sgioba-stiùiridh fa-near dhan phàipear seo air 5 Ògmhios 2025.

7. Dearbhadh air Cuairteachadh Sgrìobhainn

- 7.1. 'S e pàipear fosgailte a tha seo.

Bòrd na Gàidhlig Plana Gnìomh 31.03.2025

Gnìomhan

Inbhe

KPI 1- Barrachd cothroman do dhaoine na sgìlean Gàidhlig aca a chleachdadh aig an taigh, san obair is anns na coimhearsnachdan aca

1.1 Aithris air solar ionadan Gàidhlig làithreach le molaidhean airson an lìonra san àm ri teachd	Ann an gnìomh
1.2.1 Aon phlana air fhoillseachadh	Ann an gnìomh
1.2.2 Dreach stiùireadh air planaichean Gàidhlig coimhearsnachd	Air a choileanadh
1.3.1. Lèirmheas air sgeama Oifigearan Gàidhlig air a libhrigeadh do RnA	Air a choileanadh
1.3.2 Obair air feumalachdan ionnsachaidh proifeasanta aig Oifigearan Leasachaidh Gàidhlig	Ann an gnìomh
1.5. Clàr de thachartasan a fhuair taic	Air a choileanadh
1.6. Clàr de bhuidhnean a fhuair taic	Air a choileanadh
1.7.1. Suirbhidh luchd-ùidh	Air a choileanadh
1.7.2 Aithisg Leacan air fhoillseachadh is plana air a chur an gnìomh	Air a choileanadh
1.7.3. Comhairle is taic airson Bliadhna Nàiseanta Shònraichte	Air a choileanadh

KPI 2- Barrachd taic airson solar Tràth-bhliadhnach

2.1.1 Aithisg 0-3 aig Wilson MacLeòid air fhoillseachadh is na molaidhean air a chur ann an òrdugh prìomhachais	Ann an gnìomh
2.1.2 Toolkit Tràth-bhliadhnach air ùrachadh is air ath-fhoillseachadh	Ann an gnìomh
2.1.3. Clàr de chonaltraidh le ùghdarrasan ionadail	Air a choileanadh
2.2. Ro-innleachd brosnachaidh air a chur air dòigh	Ann an gnìomh

KPI 3- Brosnaich buannachdan Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FtG) is Foghlam Luchd-ionnsachaidh (FLi)

3.2.1 Clàr conaltraidh le Ùghdarrasan Ionadail: Cùm taic ri measadh roghainnean airson solar FtG àrd-sgoile eadar-ùghdarrasail ann a	Ann an gnìomh
3.2.1 Clàr conaltraidh le Ùghdarrasan Ionadail: Obraich le com-pàirtichean gus taic a thabhann do 3 ùghdarrasan ionadail a tha airson	Air a choileanadh
3.2.2 Làthaireachd aig tachartasan air-loidhne/aghaidh ri aghaidh	Air a choileanadh
3.3.1 Clàr conaltraidh le Ùghdarrasan Ionadail: Co-chomhairle air dreachd ùr den Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig	Air a choileanadh
3.3.1 Clàr conaltraidh le Ùghdarrasan Ionadail: Obraich le com-pàirtichean gus taic a thabhann do 3 ùghdarrasan ionadail a tha a' beac	Air a choileanadh
3.3.2 Làthaireachd aig tachartasan air-loidhne/aghaidh ri aghaidh	Air a choileanadh
3.4 Clàr conaltraidh le Ùghdarrasan Ionadail	Air a choileanadh
3.5.1 Stèidhich Buidheann-obrach Luchd-cuideachaidh Cànan FtG	Ann an gnìomh
3.5.2 Làthaireachd aig 5 tachartasan mu dhreuchdan	Air a choileanadh
3.6 Clàr conaltraidh le buidhnean nàiseanta	Air a choileanadh

KPI 4- Barrachd taic do dh'ionnsachadh na Gàidhlig

4.1.1 Coinneamhan air an cumail le prìomh luchd-ùidh	Ann an gnìomh
4.1.2 Gnìomh Sgòpaidh air tòiseachadh	Ann an gnìomh
4.2 Maoineachadh air a thoirt seachad do bhuidhnean com-pàirt SpeakGaelic	Ann an gnìomh

KPI 5- Tha barrachd àite aig a' Ghàidhlig ann an aithne nàiseanta na h-Alba, aithne-dùthcha iom-fhillte is fhosgailte

5.1 Clàr fhreagairtean co-chomhairle : Cruthaich loidhne-conaltraidh aig BnG airson co-chomhairlean beaga/sgrìobh freagairtean airso	Ann an gnìomh
5.1 Clàr fhreagairtean co-chomhairle : Cuir a-steach freagairtean do cho-chomhairlean poblach buntainneach agus foillsich iad far a bh	Air a choileanadh
5.1 Clàr fhreagairtean co-chomhairle : Cruthaich pròiseas rianachd ùr airson co-chomhairlean iomchaidh a chomharrachadh agus a ch	Air a choileanadh
5.2.1 Stiùireadh air Planaichean Gàidhlig Reachdail air fhoillseachadh	Air a choileanadh
5.2.2 Planaichean Gàidhlig air am measadh is air an aontachadh a rèir clàr-ama a chaidh aontachadh : Lìonra nan Oifigearan Gàidhlig -	Ann an gnìomh
5.2.2 Planaichean Gàidhlig air am measadh agus air an aontachadh a rèir clàr-ama a chaidh aontachadh : 9 deasachaidhean ùra de phl	Ann an gnìomh
5.2.3 A h-uile aithisg dearcnachaidh air iarraidh taobh a-staigh nan clàran-ama a chaidh aontachadh	Ann an gnìomh
5.3.1 Aithisg sgrùdaidh bhliadhnail air planaichean Gàidhlig air a chur fa chomhair a' Bhùird san Ògmhios '25	Ann an gnìomh
5.3.2 Stèidhich clàr de chomhairle a chaidh a thoirt do Riaghaltas na h-Alba.	Ann an gnìomh

KPI 6- Tha Bòrd na Gàidhlig èifeachdach na dhleastanas agus tha e a' cur ri libhrigeadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig 4

6.1.1 Clàr gèillidh reachdail: An sgeama foillseachaidh gu bhith air ath-sgrùdadh agus ùrachadh gach bliadhna	Gun tòiseachadh
6.1.1 Clàr gèillidh reachdail: Stèidhich clàr gèillidh	Ann an gnìomh
6.1.2 Ag Aithris dhan Bhòrd	Air a choileanadh
6.2 Dèan a' chiad aithisg adhartais air Plana Nàiseanta na Gàidhlig airson coinneamh a' Bhùird-stiùiridh san Ògmhios '25	Ann an gnìomh
6.3 Ag aithris do Chomataidhean agus dhan Bhòrd: Aithisg Bhliadhnail is Cunntasan air an toirt dhan Phàrlamaid	Air a choileanadh
6.3 Ag aithris do Chomataidhean agus dhan Bhòrd: Dèan ath-sgrùdadh air comas Xero airson siubhal	Ann an gnìomh
6.3 Ag aithris do Chomataidhean agus dhan Bhòrd: Cruthaich Pasgan Cunntasan Riaghlaidh	Air a choileanadh
6.3 Ag aithris do Chomataidhean agus dhan Bhòrd: Dèan ath-sgrùdadh air, agus ùraich poileasaidhean, a rèir atharrachaidhean reachd	Ann an gnìomh
6.3 Ag aithris do Chomataidhean agus dhan Bhòrd: Cùm inbhe CE Plus	Ann an gnìomh
6.3 Ag aithris do Chomataidhean agus dhan Bhòrd: Dèan deuchainnean air Leantainneachd Gnìomhachais agus Ath-shlànachadh bho	Ann an gnìomh

Actions

Air a choileanadh
Ann an gnìomh
Gun tòiseachadh

Coinneamh:	Bòrd-stiùiridh
Ceann-là:	23 Ògmhios 2025
Tìotal:	Aithisg air Planaichean Gàidhlig
Gnìomh a dhìth:	Airson Fiosrachadh agus Deasbad
Àireamh pàipear:	4.5
Neach-labhairt:	Iain Mac a' Mhaoilein, Stiùiriche Leasachaidh
Pàipearan-taic:	PT1 – Ùghdarrasan Phoblach le Planaichean Gàidhlig Reachdail

1. Adhbhar

- 1.1. Airson fiosrachadh a thoirt do Bhuill a' Bhùird-stiùiridh mu adhartas le pròiseas nam planaichean.

2. Co-theacs

- 2.1. Bhon Ghiblean 2024 bha lùghdachadh anns na h-àireamhan de dh'oifigearan Phlanaichean a bha air am fastadh aig Bòrd na Gàidhlig bho: 4 Oifigearan & 1 Manaidsear Phlanaichean gu 3 Oifigearan. Eadar Sultain 2024 – Cèitean 2025 bha dà Oifigear ag obair san raon seo.

3. Cùl-fhiosrachadh/Prìomh Aithris

- 3.1. Tha 66 buidhnean poblach ann aig a bheil plana Gàidhlig. Tha an àireamh seo a' gabhail a-steach 30 ùghdarrasan ionadail, buidhnean eaconamaidh, buidhnean foghlaim, buidhnean cultarach, buidhnean nàdair agus buidhnean maoineachaidh, am measg eile. Tha an liosta shlàin ri faighinn air PT1.
- 3.2. Chaidh 10 Planaichean Gàidhlig Reachdail aontachadh eadar 1mh Giblean 2024 agus 31mh Màrt 2025.
- 3.3. Chaidh 1 Phlana Gàidhlig a dhiùltadh aig CPG sa Ghearran 2025 ach às dèidh tighinn gu aonta a thaobh atharraichean, chaidh aontachadh ris sa Chèitean 2025.
- 3.4. 'S iad na Planaichean Reachdail a leanas a chaidh aontachadh:

Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan 07/05/2024

- PGR022 E04 Comhairle na Gàidhealtachd
- PGR009 E03 Comhairle Baile Dhùn Èideann
- PGR025 E03 Comhairle Pheairt is Cheann Rois

Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan 10/09/2024

- PGR037 E02 Comhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear

Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan 28/02/2025

- PGR021 E02 Comhairle Mhoireibh
- PGR063 E03 Ùghdarras Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean
- PGR062 E03 Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh

Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan 06/05/2025

- PGR050 E03 Oilthigh Obair Dheathain
- PGR028 E03 Comhairle Siorrachd Àir a Tuath
- PGR042 E03 Leabharlann Nàiseanta na h-Alba

2.7 Am-bliadhna, thathar an dùil gun tèid 13 planaichean reachdail air beulaibh Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan airson beachdachadh. Tha obair a' leantainn leis na h-ùghdarrasan seo gus na planaichean Gàidhlig aca ullachadh. Bidh seo a' gabhail a-steach nan ùghdarrasan poblach a leanas:

Ùghdarras Poblach	Ìre anns a' phròiseas
Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas E03	<ul style="list-style-type: none"> • Thàinig dreach phlana a-steach air a' cheann-latha reachdail. • Aig ìre measaidh fhoirmeil.
Leasachadh Sgilean na h-Alba E04	<ul style="list-style-type: none"> • An dùil ri dreach phlana air 30/08/2025.
Coimisean na Croitearachd E04	<ul style="list-style-type: none"> • An dùil ri dreach phlana air 27/10/2025
Comhairle Siorrachd Àir a Deas E03	<ul style="list-style-type: none"> • An dùil ri dreachd phlana air 27/10/2025
Comhairle Lodainn an Ear E02	<ul style="list-style-type: none"> • An dùil ri dreachd phlana air 27/10/2025
Ùghdarras Theisteanas na h-Alba E04	<ul style="list-style-type: none"> • An dùil ri dreachd phlana air 01/11/2025

Ùghdarras Poblach	Ìre anns a' phròiseas
Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Iar E02	<ul style="list-style-type: none"> • Cha tàinig an dreachd a-steach air a' cheann-latha reachdail: 21/04/2025. • Chaidh coinneamh a chumail leis an ùghdarras sa Chèitean gus taic a thabhann. • Tha iad air dreach phlana a chur thugainn airson measadh neo-fhoirmeil. • Tha conaltradh a' leantainn leis an ùghdarrais.

Comhairle Fìobha E03	<ul style="list-style-type: none"> • Chaidh conaltradh a dhèanamh leis a’ bhuidheann agus thug iad iomradh air sìneadh iarraidh ach cha do nochd iarrtas. • Cha tàinig an dreach as ùire a-steach air a’ cheann-latha reachdail: 21/04/2025. • Chaidh litir gu Ceannard na Comhairle, a sireadh dearbhadh air ceann-là airson an eagraan ùr a chur a-steach do Bhòrd na Gàidhlig.
Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Ear E03	<ul style="list-style-type: none"> • Chaidh measadh foirmeil a dhèanamh air an dreach phlana E03. • Cha deach eas-aonta a thogail ach cha do ghabh iad ris na molaidhean gu lèir aig Bòrd na Gàidhlig. • Dh’fhoillsich an t-ùghdarras E03 air làrach-lìn na Comhairle às aonais aonta bho Bhòrd na Gàidhlig. • Tha conaltradh a’ leantainn leis a’ bhuidheann gus seo a rèiteachadh.
Comhairle Siorrachd Chlach Mhanainn E02	<ul style="list-style-type: none"> • Bha oifigearan BnG a’ feuchainn ri conaltradh a dhèanamh leis an ùghdarras mu dheasachadh E02. • Chaidh litir chun an ùghdarrais air 10/04/2025 mu dhith-chonaltradh co-cheangailte ri deasachadh E02. • Cha tàinig an dreachd as ùire a-steach air a’ cheann-latha reachdail. • Chaidh litir gu Ceannard na Comhairle, a sireadh dearbhadh air ceann-là airson an eagraan ùr a chur a-steach do Bhòrd na Gàidhlig.
Comhairle na h-Eaglais Brice E03	<ul style="list-style-type: none"> • Cha tàinig an dreach as ùire a-steach air a’ cheann-là reachdail: 09/06/2025. • Tha dreach phlana a-mach aig co-chomhairle phoblach agus bidh sin a’ dùnadh air 20/06/2025. • Tha conaltradh a’ leantainn leis an ùghdarras.
Sabhal Mòr Ostaig E03	<ul style="list-style-type: none"> • Tha dreach plana air a dhol tro cho-chomhairle phoblach agus air a dhol gu coinneamh a Bhùird-stiùiridh aig SMO air 26 Ògmhios 2025
UHI Tuath, an Iar & Innse Gall E01	<ul style="list-style-type: none"> • Thàinig dreach Phlana a-steach bhon Bhuidheann agus tha còmhraidh air a bhith ann leotha air cho cudromach ‘s a tha e gum bi am Plana cho làidir ‘s a ghabhas agus gum bi compàirteachas agus buaidh air coimhearsnachd na phrìomhachas.

2.7 Bidh Oifigearan Phlanaichean ag obair le 10 ùghdarrasan poblach gus na h-ath eagrain aca a dheasachadh. Thathar an dùil gun tèid na dreachd phlanaichean sin air beulaibh Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan ann am-bliadhna ionmhais 2026/27. Thèid co-obrachadh a dhèanamh leis na h-ùghdarrasan poblach a leanas:

- Comhairle Lodainn Mheadhanaich: 02/02/2026
- Seirbhis Smàlaidh is Teasairginn na h-Alba: 09/05/2026

- Puirt-adhair na Gàidhealtachd 's nan Eileanan Eta: 21/06/2026
- Comhairle Baile Dhùn Dè: 21/06/2026
- Comhairle Lodainn an Iar: 07/07/2026
- Àrainneachd Eachdraidheil Alba: 07/11/2026
- Coimisean Fearainn na h-Alba: 26/01/2027
- Comhairle Aonghais: 26/01/2027
- Comhairle Shruighlea: 13/01/2027
- Comhairle Maoineachadh na h-Alba 08/02/2027

2.8 Pròiseas Dearcnachaidh

2.8.1 Mar thoradh air an Stiùireadh Reachdail air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig chaidh atharraichean a dhèanamh air a' phròiseas dearcnachaidh. Chaidh fios a' sgaoileadh chun nan ùghdarrasan poblach san Lùnastal 2024 a' mìneachadh nan atharraichean seo.

2.8.2 Tha clàr-ama dearcnachaidh fhathast mar a tha air a mhìneachadh ann an Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.

2.8.3 Chaidh teampalaid aithisg dearcnachaidh ùr a chruthachadh ach chan eil e riatanach gun tèid seo a chleachdadh fhad 's a tha fios a' tighinn a-steach bho ùghdarrasan poblach mu:

- gealltanasan le clàr-ama choileanaidh taobh a-staigh gach bliadhna aithris
- fios air adhartas le gealltanasan le clàr-ama leantainneach no tro bheatha a' phlana.

2.8.4 Às dèidh do Bhòrd na Gàidhlig aithisg dearcnachaidh fhaighinn gheibh ùghdarrasan poblach litir aithneachaidh agus, thèid coinneamh adhartais a chumail le ùghdarrasan poblach.

2.8.5 Thèid co-dhùnadh a dhèanamh an deach adhartas iomchaidh a choileanadh agus gheibh ùghdarrasan poblach litir a' dearbhadh an co-dhùnadh seo.

2.8.6 Eadar 1mh Giblean 2024 agus 31 Cèitean 2025 thàinig aithisgean dearcnachaidh a-staigh bho 33 ùghdarrasan poblach.

2.11. Leasachaidhean ri thighinn

2.11.1. Bithear ag obair a dh'ionnsaigh barrachd leasachaidh a thoirt air adhart anns na mìosan a tha romhainn le pròiseas nam planaichean. Thathar an dùil leasachadh a dhèanamh air na leanas;

- Teampalaid plana ùr – thèid teampalaid fhoillseachadh anns na mìosan a tha romhainn.
- Thèid grafaig-fhiosrachaidh ullachadh do dh'ùghdarrasan poblach a bhios a' dèanamh soilleir dè na ceumannan a tha a dhith a dh'ionnsaigh ullachadh phlanaichean Gàidhlig.

4. Moladh

4.1. Gum bi na buill a' toirt fa-near dhan fhiosrachadh anns a' phàipear seo.

5. Prìomh Bhuaidhean Ro-innleachdach

5.1. Buaidhean air Ionmhas: Chan eil buaidh ann.

- 5.2. Buaidhean air Luchd-obrach: Tha e cudromach gu bheil luchd-obrach gu leòr aig Bòrd na Gàidhlig gus an obair seo a choileanadh gu soirbheachail.
- 5.3. Buaidhean air Trèanadh: Bidh luchd-obrach a' leasachadh nam pròiseasan agus bithear ag ionnsachadh mu na dòighean-obrach ùra fhad 's a tha sinn gan cruthachadh.
- 5.4. Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra: Tha Planaichean Gàidhlig reachdail bho Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus tha sin air aithneachadh anns a' Phlana Nàiseanta airson 2023-28 agus ann am Plana Corporra a' Bhùird
- 5.5. Buaidhean air Cliù: Leis gu bheil dàil air a bhith ann le cuid den na h-ùghdarrasan ann a bhith a' cumail ris na dleastanasan aca fo sgèith na h-Achd, dh'fhaodadh gum bi buaidh air cliù nan ùghdarrasan agus buaidh air cliù Bhòrd na Gàidhlig ann a bhith a' dèanamh na h-obrach againn ann an ùine reusanta.
- 5.6. Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd: Chan eil buaidh ann.
- 5.7. Buaidhean Laghail: Tha dleastanasan air Bòrd na Gàidhlig gus pròiseas nam planaichean a ruith gus soirbheachail fo sgèith Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.
- 5.8. Buaidhean air Co-ionannachd: Ged nach eil fiosrachadh mu dheidhinn co-ionannas mar phàirt den aithisg seo, tha Bòrd na Gàidhlig a' trusadh fiosrachadh co-cheangailte ri co-ionannas gach bliadhna mar phàirt de dh'aithisgean dearcnachaidh nan ùghdarrasan.
- 5.9. Buaidhean air an Àrainneachd: Chan eil buaidh ann.

6. Ceanglaichean ri Frèama-obrach Coileanadh Nàiseanta

Còraichean Daonna	<input checked="" type="checkbox"/>	Clann is Òigridh	<input checked="" type="checkbox"/>
Cultar	<input checked="" type="checkbox"/>	Coimhearsnachdan	<input checked="" type="checkbox"/>
Àrainneachd	<input type="checkbox"/>	Bochdainn	<input type="checkbox"/>
Slàinte	<input checked="" type="checkbox"/>	Eadar-nàiseanta	<input type="checkbox"/>
Foghlam	<input checked="" type="checkbox"/>	Eaconamaidh	<input checked="" type="checkbox"/>
Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach	<input checked="" type="checkbox"/>		

7. Cùrsa Riaghlachais

- 7.1. Thug an Sgioba-stiùiridh fa-near dhan phàipear seo air 5 Ògmhios 2025.

8. Dearbhadh air Cuairteachadh Sgrìobhainn

- 8.1. 'S e pàipear fosgailte a tha seo.

Comhairle Aonghais	Alba Chruthachail
Comhairle Baile Dhu'n De	A rainneachd Eachdraidheil Alba
Comhairle Baile Dhu'n Eideann	Coimisean na Croitearachd
Comhairle Baile Ghlaschu	Nadar Alba
Comhairle Baile Obar Dheathain	Coimisean Fearainn na h-Alba
Comhairle Chrìochan na h-Alba	Coilltearachd na h-Alba
Comhairle Dhu'n Phrìsis is Gall-Ghaidhealaibh	Coilltearachd is Fearann Alba
Comhairle Earra-Ghaidheal is Bhoird	Visit Alba
Comhairle Fhìobha	sporsalba
Comhairle Inbhir Chluaidh	
Comhairle Lodainn an Ear	Sabhal Mor Ostaig
Comhairle Lodainn an Iar	Oilthigh na Gaidhealtachd agus nan Eilean
Comhairle Lodainn Mheadhanaich	Oilthigh Obar Dheathain
Comhairle Mhoireibh	Oilthigh Shrath Chluaidh
Comhairle na Gaidhealtachd	ÙHI NWH
Comhairle na h-Eaglaise Brice	Oilthigh Ghlaschu
Comhairle nan Eilean Siar	
Comhairle Pheairt is Cheann Rois	Iomairt na Gaidhealtachd 's nan Eilean
Comhairle Shruighlea	Comhairle Maoineachaidh na h-Alba
Comhairle Siorrachd Air a Deas	Iomairt na h-Alba
Comhairle Siorrachd Air an Ear	
Comhairle Siorrachd Air a Tuath	NHS Eileanan Siar
Comhairle Siorrachd Chlach Mhanann	NHS na Gaidhealtachd
Comhairle Siorrachd Dhu'n Breatann an Ear	

PT1 – Ùghdarrasan Phoblach le Planaichean Gaidhlig Reachdail

Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Iar	Puirt-adhair na Gaidhealtachd is nan Eilean Eòra
Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas	Stòras Mara Cailleannach Earranta
Comhairle Siorrachd Lannraig a Tuath	
Comhairle Siorrachd Rinn Friù	Ùghdarras Theisteanas na h-Alba
Comhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear	Foghlam Alba
Comhairle Siorrachd Obar Dheathain	Leasachadh Sgilean na h-Alba
Parlamaid na h-Alba (Buidheann Chorporra)	Ùghdarras Pairc Naiseanta a' Mhònaidh Ruaidh
Riaghaltas na h-Alba	Ùghdarras Pairc Naiseanta Loch Laomainn is nan Troisichean
Taighean-tasgaidh Naiseanta na h-Alba	Seirbheis Smaillidh is Teasairginn na h-Alba
Gailearaidhean Naiseanta na h-Alba	Ùghdarras Poilis na h-Alba
Leabharlann Naiseanta na h-Alba	Poileas Alba
	Seirbheis Ambaileans na h-Alba

Coinneamh:	Bòrd-stiùiridh
Ceann-latha:	26 Ògmhios 2025
Tìotal:	Rianachd Mhì-chinntean
Gnìomh a dhìth:	Ri Aontachadh
Àireamh pàipeir:	5.1
Neach-labhairt:	Nicola Pearson, Ceann an Ionmhais is Cùisean Corporra
Pàipearan-taice:	PT1 Clàr Mhì-chinntean Ro-innleachdail

1. Adhbhar

- 1.1. Tha am pàipear a' taisbeanadh Clàr Mhì-chinntean Ro-innleachdail na buidhne.
- 1.2. Tha am pàipear sa Bheurla oir thèid ath-sgrùdadh leis an luchd-sgrùdaidh air an taobh a-staigh agus air an taobh a-muigh mar phàirt den obair aca.

2. Cùl-fhiosrachadh/Prìomh aithris

- 2.1. Tha an Clàr Mhì-chinntean Ro-innleachdail a' clàradh is a' sgrùdadh nam mì-chinntean as motha a tha mu choinneamh Bòrd na Gàidhlig. Tha e cuideachd a' clàradh nan gnìomhan lasachaidh agus adhartas leis na gnìomhan a chaidh a ghabhail gus ìre na mì-chinnt a lùghdachadh no gus smachd a chumail air.
- 2.2. Measar mì-chinntean gus faighinn a-mach dè cho cudromach 's a tha a' mhì-chinnt agus dè an ìre air am bu chòir dèiligeadh ris a' chunnart. Thèid a h-uile mì-chinnt a sgòradh mar fhìor àrd, àrd, meadhanach no ìosal stèidhichte air Buidh na mì-chinnt x a' Choltachd gun tachair i. Gheibhear fiosrachadh mionaideach mu sgòradh san Ro-innleachd Rianachd Mhì-chinntean.
- 2.3. Air a' chlàr is e an Sgòr Iomlan an sgòr a chaidh a mheasadh mus deach na smachdan làithreach a chur an gnìomh, leis an Sgòr Lom na mheasadh cunnairt a tha a' gabhail a-steach nan smachdan a tha an sàs aig an àm seo.
- 2.4. Tha an clàr ag amas air fòcas a chur air na cunnartan (mì-chinntean, cothroman, agus droch bhuaidhean) a bheir a' bhuaidh as dìriche air prìomhachasan BnG.
- 2.5. Chaidh an clàr ag ùrachadh mar a leanas:

Mì-chinnt ↑	Mì-chinnt ↓	Eile
Cunnart 5 -Chaidh an ìre chunnart àrdachadh bhon lèirmheas mu dheireadh	Cha deach ìre sam bith ìsleachadh bhon lèirmheas mu dheireadh	1. Chaidh grunn aithrisean ùrachadh 2. Chaidh cuid clàran-ama atharrachadh

3. Moladh

3.1. Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird-stiùiridh:

- beachdachadh air a' chlàr agus molaidhean a dhèanamh mu mhì-chinntean a bharrachd agus mu bhith a' toirt air falbh mì-chinntean.
- an clàr aontachadh

4. Prìomh Bhuidhean Ro-innleachdach

- 4.1. Buidhean air Ionmhas: Chan eil buaidh dhìreach ann ach tha e a' dèanamh cinnteach gum beachdaich a' bhuidheann air mì-chinntean ionmhasail.
- 4.2. Buidhean air Luchd-obrach: Tha an clàr mì-chinntean a' toirt seachad stiùireadh air smachdan agus gnìomhan a chuir luchd-obrach an sàs.
- 4.3. Buidhean air Trèanadh: Thèid trèanadh rianachd mì-chinntean a chur air dòigh san Fhoghair.
- 4.4. Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachdail agus Corporra: Bidh ar n-obair a' fiosrachadh agus a' toirt buaidh air leasachadh na Gàidhlig agus air poileasaidhean a bheir buaidh air a' Ghàidhlig.
- 4.5. Buidhean air Cliù: Tha riaghladh mì-chinntean ro chudromach ann a bhith a' cumail deagh chliù mar bhuidheann phoblach èifeachdach.
- 4.6. Buidhean air Slàinte is Sàbhailteachd: N/A
- 4.7. Buidhean Laghail: Tha e na riatanas ann an Leabhar-làimhe Ionmhas Poblach na h-Alba gum bi pròiseasan rianachd mì-chinntean aig buidhnean poblach
<https://www.gov.scot/publications/scottish-public-finance-manual/risk-management/risk-management/>
- 4.8. Buidhean air Co-ionannachd: N/A
- 4.9. Buidhean air an Àrainneachd: N/A

5. Ceanglaichean ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta

Còraichean Daonna	<input type="checkbox"/>	Clann is Òigridh	<input type="checkbox"/>
Cultar	<input type="checkbox"/>	Coimhearsnachdan	<input type="checkbox"/>
Àrainneachd	<input type="checkbox"/>	Bochdainn	<input type="checkbox"/>
Slàinte	<input type="checkbox"/>	Eadar-nàiseanta	<input type="checkbox"/>
Ionnsachadh	<input type="checkbox"/>	Eaconamaidh	<input type="checkbox"/>
Gnothachasan soirbheachail ùr-ghnàthach <input checked="" type="checkbox"/> <input type="checkbox"/> <input checked="" type="checkbox"/>			

6. Cùrsa Riaghlachais

- 6.1. Aontaichte leis a' Chomataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd air 20 Cèitean 2025.
- 6.2. Air aontachadh leis an Sgioba Stiùiridh air 7 Cèitean 2025.

7. Dearbhadh air Cuairteachadh Sgrìobhainn

- 7.1. 'S e pàipear fosgailte a tha seo.

Strategic Risk Register

Strategic Aim 1: More people are using and benefiting from Gaelic at home and in the community									
Ref	Risk description	Cause	Impact	Gross score [prior to current controls] (I/L/S)	Current controls [systems already in place]	Net score [including current controls] (I/L/S)	Proposed actions and controls [tasks being undertaken to deal with arising risk]	Timeline	Risk Owner
1.1	Inadequate resources to deliver the Corporate Plan	<p>SG temporary freeze on recruitment</p> <p>Medium and longer-term finances are not increased therefore Gaelic development is constrained</p> <p>[BnG baseline funding has remained static since 2007/08; this is a real terms decrease of approx. 45%]</p>	<p>BnG's contribution to Gaelic development ceases to meet with demand</p> <p>We have insufficient staff capacity and/or capability to deliver our Corporate Plan</p> <p>Impact on wellbeing of staff and board Reputation is negatively impacted</p>	<p>25</p> <p>(5X5)</p>	<p>Implementation of multi-year funding agreements for main delivery partners which encourage collaboration</p> <p>Corporate Plan developed in line with new NGLP and approved by SG</p> <p>Business case presented to SG</p> <p>MTFP updated annually and presented to Board</p> <p>Effective recruitment, induction, training and development and performance management systems in place</p>	<p>20</p> <p>(4x5)</p>	<p>Build in agility to take advantage of funding opportunities as they arise</p> <p>Programme for development of middle managers skills and knowledge</p> <p>Continue to make the case for increased funding for BnG or amendment to running costs cap</p>	<p>Ongoing</p> <p>Aug '25</p> <p>Ongoing</p>	ED

					<p>Budget management in place to comply with SG GiA requirements for running costs</p> <p>Review of staff resource to mitigate impact of vacant posts.</p>					
<p>Risk Appetite: HIGH</p>		<p><i>We acknowledge there is a challenging environment in public finance and continue to work closely with our sponsorship team in relation to resource.</i></p>								

Strategic Aim 1: More people are using and benefiting from Gaelic at home and in the community									
Ref	Risk description	Cause	Impact	Gross score [prior to current controls] (I/L/S)	Current controls [systems already in place]	Net score [including current controls] (I/L/S)	Proposed actions and controls [tasks being undertaken to deal with arising risk]	Timeline	Risk Owner
1.2	<p>Failure to deliver objectives through partnerships and network organisations</p> <p>[BnG has effectively increased its partnership development and advisory function and this needs to be maintained]</p>	<p>Limited control over direction and impact of third-party delivery</p> <p>BnG strategies for engagement and/or relationships do not respond to stakeholders' needs</p> <p>Quality and reach of communication is insufficient to engage</p> <p>Failure to adapt to changes in primary or secondary legislation</p>	<p>Difficult for Delivery Partners to achieve anticipated outcomes</p> <p>Support for Gaelic is undermined</p> <p>Willingness to collaborate and engage with BnG is reduced</p>	<p>15</p> <p>[5x3]</p>	<p>Sustained effective communication with key delivery bodies</p> <p>Change in GLP processes leading to engagement between BnG and public authorities</p> <p>Framework agreement with SG</p> <p>External Communications Strategy reporting to Board quarterly</p>	<p>12</p> <p>[4x3]</p>	<p>Reporting on corporate and operational plans will focus on outcomes with effective performance metrics thereby providing clearer direction internally and externally</p>	Ongoing	IMM
Risk appetite: HIGH		BnG delivers development activities in partnership with community-based organisations and bodies, and relies on those organisations to deliver on the plans they have submitted and have had approved by BnG. The arrangements are based on an agreed shared plan and are dependent on the capacity of partner organisations to deliver on these plans.							

Strategic Aim 2: Opportunities for people to develop their Gaelic skills at any age are increased and more accessible									
Ref	Risk description	Cause	Impact	Gross score [prior to current controls] (I/L/S)	Current controls [systems already in place]	Net score [including current controls] (I/L/S)	Proposed actions and controls [tasks being undertaken to deal with arising risk]	Timeline	Risk Owner
2	Supporting growth and promotion in Gaelic education is ineffective	<p>BnG advisory input is not of sufficient quality and impact</p> <p>Political decisions are taken which address the majority, not the minority</p> <p>Statutory Guidance on Gaelic education is not sufficiently strong</p> <p>Dependant on the wider support of external organisations</p>	<p>Advice provided by BnG on Education Reform and other legislation is ignored or not implemented</p> <p>Gaelic education is not normalised within Scotland, leading to reduced uptake, attainment and impact</p> <p>Gaelic is not normalised across Scottish society, increasing language loss and disaffection</p>	<p>20</p> <p>[5x4]</p>	<p>Statutory Guidance on Gaelic Language Plans published</p> <p>Consistent advice provided to the ongoing processes for Education Reform and Scottish Languages Bill</p> <p>Engagement with SG Gaelic and Scots Division in collaborative work</p> <p>Participation in regional and other fora to promote Gaelic</p> <p>Contribute to education focused consultations</p>	<p>15</p> <p>[5x3]</p>	<p>Revision and renewal of Statutory Guidance on Gaelic Education</p> <p>Increased engagement with political parties on the importance of Gaelic education for normalising and growing Gaelic</p>	<p>2025/26</p> <p>Ongoing</p>	JMH
Risk appetite: MEDIUM		Advisory role to Scottish Government on Gaelic Education means impact not always guaranteed.							

Strategic Aim 3: Our work informs and influences Gaelic development and policies which impact Gaelic									
Ref	Risk description	Cause	Impact	Gross score [prior to current controls] (I/L/S)	Current controls [systems already in place]	Net score [including current controls] (I/L/S)	Proposed actions and controls [tasks being undertaken to deal with arising risk]	Timeline	Risk Owner
3	People don't understand the role and functions of BnG	<p>BnG strategies for engagement and/or relationships are ineffective</p> <p>Negative media - external/ generally and internal to Gaelic communities</p> <p>Insufficient communication on what BnG does to make a difference</p>	<p>Reduced support for Gaelic development</p> <p>Gaelic speakers and learners lose confidence in BnG and therefore negative effect on the community leaving them disenfranchised</p>	<p>12</p> <p>[4x3]</p>	<p>Continued work with organisations who receive funding to clearly acknowledge BnG support</p> <p>External Communications Strategy approved Oct 24</p> <p>Use new NGLP and BnG Corporate Plan to reinforce the key messages of what we do</p> <p>Conaltradh work stream put in place.</p>	<p>9</p> <p>[3x3]</p>	<p>Continue to develop role of board members as ambassadors for BnG</p> <p>Conaltradh work stream to develop the BnG story</p>	<p>Ongoing</p> <p>June '25</p>	NP
Risk appetite: MEDIUM		Whilst BnG does what it can to explain and inform, it has to accept that there may always be misunderstanding around BnG's scope of work.							

Strategic Aim 3: Our work informs and influences Gaelic development and policies which impact on Gaelic									
Ref	Risk description	Cause	Impact	Gross score [prior to current controls] (I/L/S)	Current controls [systems already in place]	Net score [including current controls] (I/L/S)	Proposed actions and controls [tasks being undertaken to deal with arising risk)	Timeline	Risk Owner
4	Failure to maximise the benefits from the work undertaken by our key stakeholders and delivery partners	Communication strategy with our key stakeholders and delivery partners is ineffective Insufficient capacity and/or capability among our key stakeholders and delivery partners Delivery partners not necessarily delivering in line with BnG’s objectives.	Damages the credibility and reputation of BnG. Ultimately this could lead to a reduction in support (financial and other) from Scottish Government, key partners and communities	16 [4x4]	Grant systems in place which provide monitoring New multi-year agreements developed Gaelic language plans system in place Increased social media and comms Presentation of progress reports to CPG GLP Statutory Guidance published Participate in SG Gaelic Communications call	12 [4x3]	Monitoring of NGLP and Corporate Plan Encourage stakeholders and key delivery partners to publicise their good news stories broadly	Ongoing Ongoing	IMM
Risk appetite: MEDIUM		Funding arrangements are based on Plans which outline how delivery partners will meet their own and BnG’s objectives and the provision of ongoing funding is dependent on the receipt of satisfactory monitoring reports.							

Strategic Aim 3: Our work informs and influences Gaelic development and policies which impact on Gaelic									
Ref	Risk description	Cause	Impact	Gross score [prior to current controls] (I/L/S)	Current controls [systems already in place]	Net score [including current controls] (I/L/S)	Proposed actions and controls [tasks being undertaken to deal with arising risk]	Timeline	Risk Owner
5	The governance developments implemented in the organisation are not sustained	<p>Insufficient capacity and/or capability</p> <p>New responsibilities are allocated without commensurate resources</p> <p>Widening field of operations due to external or internal pressure.</p>	Organisation does not meet stakeholders' expectations leading to disillusion and criticism; ultimately impacting on Gaelic development	16 [4x4]	<p>Continuous improvement planning system in place</p> <p>Increasing use of technology to assist in more administrative tasks</p> <p>Increased number of board members bringing additional skills and resilience</p> <p>Programme of internal audit in place.</p> <p>Work plan and training requirements identified for 25/26</p> <p>Engaged fully in parliamentary process for new languages bill</p>	12 [3x4]	<p>Engage fully in stage 3 of parliamentary process for new languages bill</p> <p>Review and update organisational Succession Plan</p> <p>Review work plan and training requirements</p> <p>Chair liaising with SG on public appointments</p>	<p>2025</p> <p>Ongoing</p> <p>Ongoing</p> <p>Ongoing</p>	ED

Risk appetite:
MEDIUM

Skills development is a priority, as is engagement, with matrix in place to monitor progress.

Pàipear 5.1 PT1

Scoring

I/L/S = Impact (max 5) x Likelihood (max 5) = Score

Refer to Section 4 of [Risk Management Strategy](#) for detailed information.

Very High	Risk Score 20-25	Unacceptable level of risk exposure that requires immediate mitigating action and monthly monitoring
High	Risk Score 12-16	Unacceptable level of risk which requires controls to be put in place to reduce exposure and monthly monitoring
Medium	Risk Score 6-10	Controls can be put in place or the risk accepted. Subjected to quarterly monitoring.
Low	Risk Score 1-5	Acceptable level of risk subject to six monthly monitoring

Acronyms of people responsible:

ED – Ealasaid MacDonald, Ceannard

IMM – Iain Macmillan, Director

JMH – Jennifer McHarrie, Director

NP – Nicola Pearson, Head of Finance and Corporate Services

Other acronyms

BnG – Bòrd na Gàidhlig

GLP – Gaelic Language Plan

SG – Scottish Government

MTFP – Medium Term Financial Plan

GiA – Grant in Aid

CPG – Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan

NGLP – National Gaelic Language Plan

Coinneamh:	Bòrd-stiùiridh
Ceann-là:	26 Ògmhios 2025
Tìotal:	Aithisgean Bhliadhnail nan Comataidhean
Gnìomh a dhìth:	Ri Aontachadh
Àireamh pàipear:	6.1
Neach-labhairt:	Ealasaid Dhòmhnallach, Ceannard
Pàipearan-taic:	PT1 Aithisg Bhliadhnail na Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan 2024/25 PT2 Aithisg Bhliadhnail na Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd 2024/25

1. Adhbhar

- 1.1. Gus na h-aithisgean seo a chur air beulaibh a' Bhòrd-stiùiridh airson aonta.

2. Cùl-fhiosrachadh/Prìomh aithris

- 2.1. Tha na h-aithisgean seo a' toirt fiosrachadh dhan Bhòrd-stiùiridh agus bidh iomradh orra san Aithris Riaghalaidh san Aithisg Bhliadhnail 2024/25.
- 2.2. Tha na pàipear-taic a' toirt fiosrachadh air obair na Chomataidhean tron bhliadhna.

3. Moladh

- 3.1. Thathas ag iarraidh air a' Bhòrd-stiùiridh a' beachdachadh air na h-aithisgean; agus aonta foirmeil a thoirt dhaibh.

4. Prìomh Bhuidhean Ro-innleachdach

- 4.1. Buidhean air Ionmhas: Tha an dà chomataidh a' dèiligeadh ri ionmhas ann an dòighean eadar-dhealaichte agus tha iomraidhean air sin sna h-aithisgean.
- 4.2. Buidhean air Luchd-obrach: Tha Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan a' dèiligeadh ri cùisean sgiobachd agus tha iomradh air sin san aithisg aice.
- 4.3. Buidhean air Trèanadh: Tha Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan a' dèiligeadh ri cùisean trèanaidh is leasachaidh agus tha iomradh air sin san aithisg aice.
- 4.4. Ceangalaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra: Tha am pàipear seo a' toirt taic dhan Bhòrd-stiùiridh ann an coileanadh nan uallaichean co-cheangailte ri na cunntasan agus an aithisg bhliadhnail.
- 4.5. Buidhean air Cliù: Tha na h-aithisgean seo a' sealltainn cho cudromach agus farsaingeachd 's a tha obair an dà chomataidh.
- 4.6. Buidhean air Slàinte is Sàbhailteachd: Tha Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan a' dèiligeadh ris na cuspairean seo agus tha iomradh air sin san aithisg aice.

4.7. Buaidhean Laghail: Tha an Aithisg Bhliadhnail is Cunntasan a dhith gus na dleastanasan ann an Schedule I, Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, an coileanadh. Tha na h-aithisgean seo a' cur ris an aithisg sin.

4.8. Buaidhean air Co-ionannachd:

4.9. Buaidhean air an Àrainneachd:

5. Ceangalaichean ri Frèama-obrach Coileanadh Nàiseanta

Còraichean Daonna	<input checked="" type="checkbox"/>	Clann is Òigridh	<input checked="" type="checkbox"/>
Cultar	<input checked="" type="checkbox"/>	Coimhearsnachdan	<input checked="" type="checkbox"/>
Àrainneachd	<input type="checkbox"/>	Bochdainn	<input type="checkbox"/>
Slàinte	<input checked="" type="checkbox"/>	Eadar-nàiseanta	<input checked="" type="checkbox"/>
Foghlam	<input checked="" type="checkbox"/>	Eaconomaidh	<input checked="" type="checkbox"/>
Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnathach			<input checked="" type="checkbox"/>

6. Cùrsa Riaghlachais

6.1. Dh'aontaich a' Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan don Aithisg Bhliadhnail air 06 Cèitean 2025, agus a' Chomataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd don Aithisg Bhliadhnail air an 20 Chèitean 2025.

7. Dearbhadh air Cuairteachadh Sgrìobhainn

7.1. 'S e pàipear fosgailte a tha seo.

Aithisg Bhliadhnail na Comataidh Poileasaidh is Goireasan dhan Bhòrd Stiùiridh

1. Cùl-fhiosrachadh

- 1.1. Bidh a' Chomataidh Poileasaidh is Goireasan (CPG) a' dèanamh aithris gach bliadhna dhan Bhòrd-stiùiridh air a h-obair thar na bliadhna, agus air na h-aithisgean a chaidh a thoirt dhan Chomataidh le luchd-rannsachaidh is eile.
- 1.2. Tha an Aithisg Bhliadhnail seo air a toirt seachad às leth na Comataidh Poileasaidh is Goireasan agus i a' coimhead air a h-obair eadar an Giblean 2024 agus am Màrt 2025.

2. Tar-shealladh

- 2.1. Tha ùine na h-Aithisg Bliadhnail seo a' gabhail a-steach beachdachadh air na cunntasan deireannach airson 2024/25.
- 2.2. Tha a' Chomataidh air a bhith a' cumail sùil air obair oifigearan agus luchd-rannsachaidh a chaidh a chur air bhonn leis a' bhuidhinn.
- 2.3. Choinnich a' Chomataidh ceithir tursan rè àm na h-aithisg seo.

3. Obair na comataidh

Coinneamhan CPG

- 3.1. Tha Pàipear-taice A a' liostadh ballrachd na Comataidh thar ùine, a bharrachd air luchd-frithealaidh cunbhalach bhon Sgioba Stiùiridh.
- 3.2. Chùm CPG coinneamhan air:
 - 07 Cèitean 2024
 - 10 Sultain 2024
 - 05 Samhain 2024
 - 28 Gearran 2025
- 3.3. Chaidh na coinneamhan uile a chraoladh beò air Teams Live. Thug Cathraiche na CPG seachad dreachd de na geàrr-chunntasan airson seachd de na coinneamhan aig CPG dhan ath choinneimh Bùird-stiùiridh.

4. Prìomh ghnìomhan

- 4.1. A bharrachd air aithisgean bhon luchd-stiùiridh air adhartas air plana gnìomh 2024-25 agus aithisgean ionmhais, bheachdaich a' Chomataidh air grunn chùisean eile tron bhliadhna.

- 4.2. Tha dleastanas air a' Chomataidh gus planaichean Gàidhlig a sgrùdadh agus aontachadh. Thèid na planaichean seo a sgrùdadh leis an Sgioba Stiùiridh mus tèid iad air adhart dhan Chomataidh. Tron ùine Giblean 2023 gu Màrt 2024, dh'aontaich a' Chomataidh ri 8 Planaichean Gàidhlig:

Comhairle Baile Dhùn Èideann
Comhairle na Gàidhealtachd
Comhairle Pheart is Cheann Rois,
Siorrachd Rinn Friù an Ear
Comhairle Mhoireibh
Ùghdarras Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean
Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh

- 4.3. Dh'aontaich CPG grunn iarrtasan taic-airgid. Dh'aontaich a' Chomataidh ris na Prìomhachasan is Bun-riaghailtean aig Sgeamaichean Taic-airgid ùra 2024/25.
- 4.4. Fhuair a' Chomataidh aithisg air buaidh taic BnG air obair òigridh is chuir iad fàilte air an adhartas.
- 4.5. Fhuair a' Chomataidh aithisgean cunbhalach air cuspairean co-cheangailte ri ionmhas agus adhartas le Plana Ghnìomh 23/24. Fhuair iad cuideachd aithisgean air feachd-obrach, a' gabhail a-staigh trèanadh is leasachadh, slàinte is sàbhailteachd agus pàrantan corporra
- 4.6. Fhuair a' Chomataidh aithisgean cunbhalach air cuspairean co-cheangailte ri foghlaim, mar eisimpleir adhartas air fòghlam àrd-sgoile agus adhartas air a' trusadh agus a' gleidheadh luchd-teagaisg. Chaidh aontachadh gun robh seo a' dùblachadh an fhiosrachaidh a bhathas a' toirt don Bhòrd agus mar sin chaidh an nì seo a thoirt air falbh bhon phlana-obrach.
- 4.7. Dh'aontaich a' Chomataidh ris na poileasaidhean a leanas:
- Poileasaidh air Mì-chnàthachadh Shusbaintean agus Alcoil
Deagh Shunnd agus Trom-uallach
Poileasaidh Chùisean Gearain; Poileasaidh Trusaidh
Poileasaidh airson Stiùireadh Neo-làthaireachd
Poileasaidh Smachdachaidh
Poileasaidh airson Strì eadar Com-pàirtean
Poileasaidh Co-ionannachd, Iomadachd agus In-ghabhaltas agus Poileasaidh na Meadhanan Sòisealta
- 4.8. Chaidh taisbeanaidhean a thoirt dhan Chomataidh bho Comunn na Gàidhlig agus Iain Mac a' Mhaoilean (Stiùiriche Bhòrd na Gàidhlig).

5. Co-dhùnaidhean

- 5.1. Tha a' Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan den bheachd gu bheil i air a bhith soirbheachail ann a bhith a' toirt air adhart prìomhachasan corporra a' Bhùird-stiùiridh rè ùine na h-aithisg bliadhnail seo.
- 5.2. Feuchaidh a' Chomataidh ri sùil a chumail air dòigh-obrach agus dòigh-làimhseachaidh na buidhne a thaobh prìomhachasan corporra, eadar poileasaidhean, ro-innleachdan agus goireasan a chur gu feum anns an dòigh as èifeachdaiche.
- 5.3. Bu toil leam taing a thoirt do Bhuill eile a' Bhùird-stiùiridh a bha air a' CPG. Bu mhath leam taing a thoirt dhan Sgioba-stiùiridh agus dhan Sgioba Rianachd cuideachd airson an cuid taice ann a bhith a' cur coinneamhan comataidh air dòigh agus ag ullachadh phàipearan agus airson an deòin, agus an dìcheall a bhith daonnan a' feuchainn ri piseach a thoirt air an dòigh sa bheil sinn ag obair.

Paipear Taic 1: Ballrachd Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan aig Bòrd na Gàidhlig
Giblean 2024 gu Màrt 2025

Buill:

Seonaidh Charity (Cathraiche)

Dòmhnall MacAoidh (Ball Chomataidh gu 30mh Sultain 2024)

Màiri T NicAonghais (Ball Chomataidh bho 1mh Dàmhair 2024)

Michelle NicLeòid

John Neil Dòmhnallach

Làthaireachd:

Ball	Àireamh de choinneamhan 2024-25	Làthaireachd
Seonaidh Charity	4	4
Màiri NicAonghais	2	2
Dòmhnall MacAoidh	2	2
Michelle NicLeòid	4	3
John Neil Dòmhnallach	4	4

An Làthair gu cunbhalach:

Sgioba-stiùiridh

Ealasaid Dhòmhnallach, Ceannard

Iain Mac a' Mhaoilein, Stiùiriche

Jennifer McHarrie, Stiùiriche

Nicola Pearson, Ceann an Ionmhais is Cùisean Corporra

An Làthair gu neo-chunbhalach:

Oifigearan

Steven Kellow, Manaidsear Maoineachaidh is Phròiseactan

Karen Nic a' Ghobhainn, Manaidsear Ghnìomhan

Taobh a-muigh

Cha robh gin ann.

Aithisg Bhliadhnail na Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd dhan Bhòrd-stiùiridh

Cùl-fhiosrachadh

Feumaidh a' Chomataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd (CSD) aithris a dhèanamh dhan làn Bhòrd-stiùiridh gach bliadhna air a h-obair thar na bliadhna, agus air na h-aithisgean a chaidh a thoirt dhan Chomataidh le luchd-sgrùdaidh taobh a-staigh agus taobh a-muigh na buidhne.

Tha an Aithisg Bhliadhnail seo air a thoirt seachad às leth na Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd agus i a' coimhead air a h-obair bhon Ghiblean 2024 gus am Màrt 2025.

Dealbh Fharsaing

- Tha ùine na h-Aithisg Bliadhnail seo a' gabhail a-steach beachdachadh air na cunntasan deireannach airson 2023/24, còmhla ri aithisgean co-cheangailte bhon luchd-sgrùdaidh taobh a-muigh na buidhne.
- Tha a' Chomataidh cuideachd air a bhith a' cumail sùil air obair in-sgrùdairean na buidhne agus a' beachdachadh air aithisgean a rinn iad.
- Choinnich a' Chomataidh ceithir tursan rè àm na h-aithisge seo.

Obair na Comataidh

Coinneamhan CSD

Tha Leas-phàipear A a' liostadh ballrachd na Comataidh thar na h-ùine cho math ri luchd-frithealaidh cunbhalach bhon Sgioba-stiùiridh, an luchd-sgrùdaidh bhon taobh a-muigh, Sgrùdadh Alba, agus luchd-in-sgrùdaidh WbG Services Ltd..

Chùm CSD coinneamhan air 21 Cèitean 2024, 24 Sultain 2024, 19 Samhain 2024 agus 25 Gearran 2025. A' leantainn deagh chleachdadh, choinnich a' Chomataidh ris an luchd-sgrùdaidh bhon taobh a-staigh agus bhon taobh a-muigh gu prìobhaideach aig deireadh choinneamhan comataidh nuair a bha feum air. Chùm an Cathraiche coinneamhan le oifigearan agus Cathraiche a' Bhùird rè na bliadhna agus thug e geàrr-chunntas gach coinneamh Comataidh dhan ath choinneamh Bùird. Bheir an Cathraiche fiosrachadh dhan Bhòrd-stiùiridh mu aithisgean a chaidh tro CSD agus an uair sin thèid an toirt dhan Bhòrd-stiùiridh airson aonta no airson toirt fa-near.

Prìomh Ghnìomhan

A bharrachd air aithisgean bho luchd-sgrùdaidh taobh a-staigh agus taobh a-muigh na buidhne, air an deach beachdachadh nas mionaidiche gu h-ìosal, bheachdaich a' Chomataidh air grunn chùisean eile tron bhliadhna:

- Chùm a' Chomataidh orra a' cumail sùil ro-innleachdail air ro-innleachd stiùireadh mhì-chinntean na buidhne agus bheachdaich iad air a' chlàr mhì-chinntean ro-innleachdail aig a h-uile coinneamh ann an 2024/25. Tha a' Chomataidh air beachdachadh air freagarrachd susbaint a' chlàir mhi-chinntean ro-innleachdail fad na bliadhna, agus air iomchaidheachd nan gnìomhan lasachaidh, eadar deasbadan aig an làn Bhòrd-stiùiridh air riaghladh mhì-chinntean.
- Rinn a' Chomataidh ath-sgrùdadh agus ùrachadh air na Bun-riaghailtean aca, agus dh'ullaich agus bheachdaich iad air Plana Obrach Comataidh a chaidh ath-sgrùdadh aig gach coinneamh.
- Rinn a' Chomataidh lèirmheas air aithisg air Dìon Dàta aig dà choinneimh.

- Rinn a' Chomataidh ath-sgrùdadh agus deasbad air Aithisg Seasmhachd Saidhbear.
- Rinn a' Chomataidh ath-sgrùdadh air, agus thug iad aonta ris, an Aithris Riaghlaidh mar phàirt den bheachdachadh aca air na cunntasan deireannach, mus do mhol iad na cunntasan dhan Bhòrd-stiùiridh agus mus deach an soidhneadh leis an Oifigear Chunntachail.
- Bheachdaich a' Chomataidh air, agus dh'aontaich iad ri, planaichean sgrùdaidh airson an àm ri teachd. Dh'aontaich a' Chomataidh ris a' phlana obrach in-sgrùdaidh airson 2024/25 mar phàirt den Mheasadh Feumalachdan Sgrùdaidh leis an in-sgrùdaire Wbg Services Ltd.
- Bha a' Chomataidh den bheachd gun robh an dreachd litir-dhearbhaidh bhon bhuidhinn gu Sgrùdadh Alba, an neach-sgrùdaidh bhon taobh a-muigh, na dheagh riochdachadh de shuidheachadh na buidhne a thaobh ullachadh nan cunntasan airson 2023/24 agus de dh'obrachadh modhan ionmhais agus modhan smachd na buidhne san fharsaingeachd thar na bliadhna.

In-sgrùdadh Chunntasan Taobh a-staigh

Rè ùine na h-aithisge seo, chaidh ochd aithisgean riaghlaidh a chur air beulaibh na Comataidh. Chaidh ath-sgrùdadh cuideachd a dhèanamh air aithisg air mar a bhios Molaidhean In-sgrùdaidh air an Cur an Gníomh. Tha na co-dhùnaidhean agus na molaidhean airson gnìomhan mar thoradh orra air an rangachadh a rèir measadh an luchd-in-sgrùdaidh air cho cudromach 's a tha na laigsean sin a thaobh riaghladh èifeachdach na buidhne.

Is e beachd nan In-sgrùdairean airson na bliadhna 2024/25 gu bheil "pròiseasan riaghlaidh, smachd agus riaghladh chunnartan iomchaidh agus èifeachdach aig Bòrd na Gàidhlig gus amasan na Buidhne a choileanadh nuair a rinn sinn an obair sgrùdaidh againn. Nar beachd-ne, tha ullachaidhean iomchaidh aig a' Bhuidhinn gus luach an airgid a bhrosnachadh agus gus seo fhaighinn."

Tha Clàr a h-Aon gu h-ìosal a' toirt dhuinn a' cho-dhùnaidh san fharsaingeachd agus geàrr-chunntas de dh'àireamh nam molaidhean in-sgrùdaidh, air an seòrsachadh a rèir na h-ìre riosg a chaidh a mheasadh leis an luchd in-sgrùdaidh, airson nan aithisgean a tha air am mìneachadh ann am Plana In-sgrùdaidh 2024/25.

Clàr a h-Aon: Geàrr-chunntas air Co-dhùnaidhean In-sgrùdaidh 2024/25

Summary of Internal Audit Findings					
Audit Area	overall Conclusion	Recommendation grading			Areas of good practice
		High	Medium	Low	
Grants to Gaelic Organisations	Strong	0	0	0	5
Review of new funding model to Delivery Partners	Strong	0	0	0	5
Procurement	Strong	0	0	5	4
Absence of Management	Strong	0	0	0	6
Governance and Risk Management	Strong	0	0	2	6
Payroll and Expenses	Strong	0	0	3	4
External Organisations Performance Management	Strong	0	0	0	6
Annual follow-up	Substantial	1	0	1	n/a
Total		1	0	11	36
2023/24 Total for comparison		2	5	6	41

- Audit findings reported in 1025/26

Roinnean-seòrsa airson Èifeachdas Smachd air an taobh a-staigh

Ann am mòran bhuidhnean, 's e dìreach na molaidhean le àrd-phrìomhachais a tha air am meas cudromach gu ro-innleachdail a bhios air an toirt dhan Chomataidh mar as trice. Airson a bhith follaiseach, agus a' leantainn deagh chleachdadh, thèid fios a chumail ris a' Chomataidh mu gach moladh a nì na h-in-sgrùdairean, tro bhith a' beachdachadh air na làn aithisgean riaghlaidh às dèidh gach lèirmheas sgrùdaidh.

Tha a' Chomataidh air freagairtean riaghlaidh aontachadh ris a h-uile moladh a chaidh a dhèanamh agus tha i a' cumail sùil air adhartas.

Sgrùdadh Taobh a-muigh

Bheachdaich a' Chomataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd air aithisg Sgrùdadh Alba dhan fheadhainn a tha an urra ri riaghladh a thaobh sgrùdadh chunntasan 2023/24 aig a' choinneimh aice air 24 Sultain 2024.

Chaidh na cunntasan agus aithisg an neach-sgrùdaidh bhon taobh a-muigh airson 2023/24 a dheasbad agus aontachadh leis a' Chomataidh agus chaidh am moladh dhan Bhòrd-stiùiridh. Chaidh na cunntasan a shoidhnigeadh leis a' Cheannard mar Oifigear Cunntachail agus le Sgrùdadh Alba air 12 Dàmhair 2024 agus chaidh an cur air adhart dhan Àrd-neach-sgrùdaidh agus an cur air beulaibh Pàrlamaid na h-Alba air 11 Sultain 2024.

Thaisbean an luchd-sgrùdaidh bhon taobh a-muigh am Plana Sgrùdaidh Bliadhnail airson 2024/25 aig coinneamh sa Ghearran 2025 agus chaidh aontachadh leis a' Chomataidh.

Riaghladh Mhi-chinntean Ro-innleachdail

Chaidh clàr mhi-chinntean ro-innleachdail na buidhne ath-sgrùdadh tron bhliadhna leis a' Chomataidh agus leis an làn Bhòrd-sgrùdaidh, a' dèanamh cinnteach gu bheil e a' nochdadh prìomhachasan lìbhrigidh agus àrainneachd ro-innleachdail na buidhne agus e a' lìbhrigeadh a' Phlana Chorporra. Faodaidh am Bòrd-stiùiridh an clàr mhi-chinntean ro-innleachdail fhaicinn agus faodaidh e beachdan a thoirt seachad air gach ràithe nuair a bhios e a' beachdachadh air aithrisean coileanaidh nas fharsainge.

Co-dhùnaidhean

Tha a' Chomataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd den bheachd gu bheil i air a bhith soirbheachail ann a bhith a' toirt air adhart prìomhachasan riaghlaidh agus in-smachd a' Bhùird-stiùiridh rè ùine na h-aithisg bliadhnail seo.

Tha a' Chomataidh air a dhol an sàs ann an cùisean a chaidh a chomharrachadh leis an luchd-sgrùdaidh a-staigh agus a-muigh aig a' bhuidhinn, agus le oifigearan na buidhne. Tha a' Chomataidh air aithisgean fhaighinn air cùisean a chaidh a thogail, air beachdachadh air molaidhean a chaidh a dhèanamh; agus air freagairtean is gnìomhan aontachadh. Thug a' Chomataidh cumadh air, agus dh'aontaich i, am plana sgrùdaidh iomlan, agus thug i stiùireadh do na h-in-sgrùdairean air an dòigh-obrach agus prògram obrach aca. Tha a Chomataidh cuideachd air sùil a chumail air lìbhrigeadh a rèir planaichean gnìomh aontaichte.

Cumaidh a Chomataidh oirre a' dèiligeadh ri prìomh chùisean a thaobh in-smachd agus a bhith a' cruthachadh phròiseasan iomchaidh taobh a-staigh na buidhne.

Cumaidh a' Chomataidh oirre cuideachd a' cumail sùil air dòigh-obrach agus dòigh-làimhseachaidh na buidhne a thaobh rianachd mhi-chinntean, agus air taobhan nas fharsainge de riaghladh corporra. Gu sònraichte, feuchaidh buill ri dhèanamh cinnteach gun tèid leasan ionnsachadh bho ghnàth-eòlas obrachaidh agus far

an gabh e dèanamh gum bi leasachaidhean ann an siostaman BnG mar thoradh air ionnsachadh bho ath-sgrùdaidhean air cleachdaidhean obrach.

Bu toil leam taing a thoirt do Bhuill eile a' Bhùird-stiùiridh agus dhan bhall cho-thaghte air a' Chomataidh airson an cuid obrach. Bu mhath leam taing a thoirt dhan sgioba-stiùiridh agus dhan sgioba rianachd cuideachd airson an cuid taic ann a bhith a' cur choinneamhan comataidh air dòigh agus ag ullachadh phàipearan air seo agus airson an deòin, agus an dìcheall a bhith a' cur leasachaidhean an sàs san dòigh sa bheil sinn ag obair.

Bu toil leam taing a thoirt dhan luchd-sgrùdaidh a-staigh is a-muigh againn a tha air na coinneamhan a fhrithéaladh tro àm na h-aithisge seo gus aithisgean a thoirt seachad agus gus comhairle èifeachdach a thoirt dhuinn.

Stewart MacLeòid

Cathraiche, Comataidh Sgrùdaidh agus Dearbhachd

An Cèitean 2025

Leas-phàipear A

Ballrachd Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd Bhòrd na Gàidhlig

An Giblean 2024 gus Am Màrt 2025

Buill:

Stewart MacLeòid (Cathraiche)

Dòmhnall Mac a' Phì

Raibeart Dunbar

Raibeart MacFhionghain (Ball co-thaghte)

Jennifer Gilmour (Ball Comataidh gu 31/03/2025)

Frithealadh:

Ball:	Àireamh nan coinneamhan: 2024/25	Làthaireachd
Stewart MacLeòid (Cathraiche)	4	4
Jennifer Gilmour	4	4
Raibeart MacFhionghain	4	4
Dòmhnall Mac a' Phì	4	4
Raibeart Dunbar	4	3

Luchd-frithealaidh cunbhalach:

An Sgioba-stiùiridh

Ealasaid Dhòmhnullach Oifigear , Ceannard agus Oifigear Cunntachail

Nicola Pearson, Ceann an Ionmhais is Cùisean Corporra

Sgrùdadh Alba

Brian Battison, Manaidsear Sgrùdaidh

Esther Scoburgh, Àrd-mhanaidsear Sgrùdaidh

Wbg Services Ltd

Scott McCready, Manaidsear In-sgrùdaidh

Susan Brook, Àrd-mhanaidsear In-sgrùdaidh

TKM Consulting

Pàipear 6.1 PT2



Liz Nic an Tàilleir, Oifigear Dìon Dàta

Luchd-frithealaidh corra uair:

Bòrd na Gàidhlig

Karen Nic a' Ghobhainn, Manaidsear Gnìomhan

Coinneamh:	Bòrd-stiùiridh
Ceann-là:	26 Ògmhios 2025
Tìotal:	Aithisg Slàinte is Sàbhailteachd
Gnìomh a dhìth:	Airson fiosrachadh
Àireamh pàipear:	7.1
Neach-labhairt:	Karen Nic a Ghobhainn, Manaidsear Gnìomhan
Pàipearan-taic:	Chan eil

1. Adhbhar

- 1.1. Tha am pàipear seo airson fios a chumail ris Am Bòrd-stiùiridh air slàinte is sàbhailteachd aig Bòrd na Gàidhlig thairis air a' bhliadhna 2024/25.

2. Cùl-fhiosrachadh/Prìomh aithris

- 2.1 Tha dleastanas air buill a' bhùird-stiùiridh a dhearbhadh gun tèid a h-uile oidhirp a dhèanamh gus dìon a thoirt dhan luchd-obrach tro phoileasaidh is siostaman airson slàinte is sàbhailteachd aig an ìre as àirde.
- 2.2 Tha a' bhuidheann a' cleachdadh companaidh ùr Barbour EHS gus taic a chumail rithe airson nan dleastanasan seo a choileanadh an dèidh crìoch a chur air cùmhnant Peninsula aig toiseach na bliadhna.
- 2.3 Tha luchd-obrach Bòrd na Gàidhlig ag obair ann am measgachadh de shuidheachaidhean eadar an taigh agus na h-oifisean.
- 2.4 Cha robh tubaist aig ìre '[reportable](#)' aig Bòrd na Gàidhlig ann an 24/25.
- 2.5 Cha deach tubaist sam bith a chlàradh aig Bòrd na Gàidhlig ann an 24/25.
- 2.6 Chaidh gluasad gu bathar-bog ùr Slàinte is Sàbhailteachd bho Peninsula gu Barbour EHS aig toiseach na bliadhna. Chaidh barrachd cleachdadh den bhathar-bhog a dhèanamh le trèanadh agus aithne a thoirt do luchd-obrach mus do chrìochnaich sinn an cùmhnant agus tha an dùil barrachd a dhèanamh a rithist le Barbour EHS anns am bliadhna a tha romhainn.
- 2.7 Tha am buidheann air a bhith ag obair gu dìcheallach gus na modhan-obrach againn a' leasachadh. 'S e iad seo cuid de na gnìomhan:
 - Pileat air obair 'hybrid' gus seo a steidheachadh airson a h-uile neach-obrach gu foirmeil. Tha a mhòr-chuid de luchd-obrach a-nis san t-oifis dà là san t-seachdain.
 - Conaltradh cunbhalach – an dà chuid, foirmeil – m.e. coinneamhan Aon Sgioba, cleachdadh bathar-bog Microsoft Engage gus fios a sgaoileadh don bhuidheann.
 - Taic le uidheamachd, m.e. sgrìonaichean, càballan ceangal anns na h-oifisean agus ann an dachaighean far an robh seo iomchaidh.

- Ceisteachan a’ sgaoileadh air luchd-obrach a thaobh cleachdadh uidheamachd sgrion taisbeanaidh.
- Rinn luchd-obrach trèanadh air Slàinte is Sàbhailteachd air loidhne tro bathar-bog Peninsula agus chaidh luchd-obrach san Optima air trèanadh Marasgal Teine agus Ciad-fhuasgladh san Àite Obrach.
- Chaidh measaidhean cunnart ùr an sgrìobhadh a thaobh Sàrachadh Cleamhnasach agus lèirmheas a dhèanamh air na measaidhean stèidhichte againn.

3. Moladh

3.1. Aire a thoirt don fhiosrachadh sa phàipear seo.

4. Prìomh Bhuidhean Ro-innleachdach

- 4.1. Buidhean air Ionmhas: Bidh buaidh air ionmhas le ceannachd uidheamachd is taic a bharrachd is thèid clàr a chumail air dè chaidh a chosg air uidheamachd airson gach àite-obrach.
- 4.2. Buidhean air Luchd-obrach: Leis na ceumannan a tha air an gabhail, thathar an dòchas gum bi deagh bhuidh air an luchd-obrach.
- 4.3. Buidhean air Trèanadh: Tha na ceumannan seo a’ toirt buaidh air trèanadh agus thèid trèanadh sam bith a tha a dhìth a thabhainn.
- 4.4. Ceangalaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra: Tha am fiosrachadh seo a’ cur ris an amas corporra gun cùm Bòrd na Gàidhlig air a’ leasachadh nan dòighean-obrach aige.
- 4.5. Buidhean air Cliù: Mur robh a’ bhuidheann a’ dèanamh na h-obrach seo, thigeadh droch chliù air a’ bhuidhinn.
- 4.6. Buidhean air Slàinte is Sàbhailteachd: Iomradh sa phàipear
- 4.7. Buidhean Laghail: Tron obair seo, tha a’ bhuidheann a’ cumail ris an lagh.
- 4.8. Buidhean air Co-ionannachd: Cha bhi buaidh air co-ionannas.
- 4.9. Buidhean air an Àrainneachd: Cha bhi buaidh air àrainneachd.

5. Ceangalaichean ri Frèama-obrach Coileanadh Nàiseanta

Còraichean Daonna	<input checked="" type="checkbox"/>	Clann is Òigridh	<input type="checkbox"/>
Cultar	<input type="checkbox"/>	Coimhearsnachdan	<input type="checkbox"/>
Àrainneachd	<input type="checkbox"/>	Bochdainn	<input type="checkbox"/>
Slàinte	<input checked="" type="checkbox"/>	Eadar-nàiseanta	<input type="checkbox"/>
Foghlam	<input type="checkbox"/>	Eaconomaidh	<input type="checkbox"/>
Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnathach			<input checked="" type="checkbox"/>

6. Cùrsa Riaghlachais

6.1. Thug an Sgioba Stiùiridh fa-near don phàipear seo air 16 An t-Ògmhios 2025.

7. Dearbhadh air Cuairteachadh Sgrìobhainn

7.1. ‘S e pàipear fosgailte a tha seo.

Coinneamh:	Bòrd-stiùiridh
Ceann-là:	26 Ògmhios 2025
Tìotal:	Gnàth-riaghailtean a' Bhùird-stiùiridh
Gnìomh a dhìth:	Ri Aontachadh
Àireamh pàipear:	7.2
Neach-labhairt:	Ealasaid Dhòmhnaillach, Ceannard
Pàipearan-taic:	PT1 Gnàth-riaghailtean

1. Adhbhar

- 1.1. 'S e adhbhar an aithisg cothrom a thoirt do Bhuill a' Bhùird-stiùiridh beachdachadh air atharrachadh anns na gnàth-riaghailtean, agus molaidhean a thoirt seachad ma tha atharraichean sam bith a dhìth gus cuideachadh le bhith a' dèanamh cinnteach gum bi siostaman riaghlaidh èifeachdach ann.

2. Cùl-fhiosrachadh/Prìomh aithris

- 2.1. Cha deach atharrachaidhean a dhèanamh.

3. Moladh

- 3.1. Gum bi Buill a' Bhùird stiùiridh a' beachdachadh air na gnàth-riaghailtean agus molaidhean a thoirt seachad, ma tha iad a dhìth; agus an aonta aca a chur ris na gnàth-riaghailtean.

4. Prìomh Bhuaidhean Ro-innleachdach

- 4.1. Buidhean air Ionmhas:
- 4.2. Buidhean air Luchd-obrach: Bidh buaidh air dòighean-obrach na buidhne air sgàth seo.
- 4.3. Buidhean air Trèanadh: Bidh buaidh air trèanadh aig Buill ùra is luchd-obrach.
- 4.4. Ceangalaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra: Bidh seo a' cur ris an amas chorporra gun cùm Bòrd na Gàidhlig air a' leasachadh nan dòighean-obrach aca.
- 4.5. Buidhean air Cliù: Cuiridh seo ri cliù na buidhne le bhith fosgailte.
- 4.6. Buidhean air Slàinte is Sàbhailteachd:
- 4.7. Buidhean Laghail: Nì iad cinnteach gum bi modh-obrach iomchaidh ann a rèir Achd na Gàidhlig agus achdan eile a bhios a' bualadh air Bòrd na Gàidhlig.
- 4.8. Buidhean air Co-ionannachd:
- 4.9. Buidhean air an Àrainneachd:

5. Ceangalaichean ri Frèama-obrach Coileanadh Nàiseanta

Còraichean Daonna	<input type="checkbox"/>	Clann is Òigridh	<input type="checkbox"/>
Cultar	<input type="checkbox"/>	Coimhearsnachdan	<input type="checkbox"/>
Àrainneachd	<input type="checkbox"/>	Bochdainn	<input type="checkbox"/>
Slàinte	<input type="checkbox"/>	Eadar-nàiseanta	<input type="checkbox"/>
Foghlam	<input type="checkbox"/>	Eaconomaidh	<input type="checkbox"/>
Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnathach			
<input checked="" type="checkbox"/>			

6. Cùrsa Riaghlachais

6.1. Thug an Sgioba Stiùiridh fa-near don phàipear air 05 Ògmhios 2025.

7. Dearbhadh air Cuairteachadh Sgrìobhainn

7.1. 'S e pàipear fosgailte a tha seo.



Gnàth-Riaghailtean

airson coinneamhan foirmeil

Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig

Clàr-innse

Ro-ràdh.....	3
Ballrachd a’ Bhùird-stiùiridh	3
Cuòram.....	4
Cleachdadh na Gàidhlig	4
Tiomnadh cumhachdan	4
Clàr nan Coinneamhan	5
Clàr-gnothaich agus Pàipearan a’ Bhùird-stiùiridh	5
Pàipearan a’ Bhùird-stiùiridh ann an Seiseanan Dùinte.....	7
Òrdugh nan Gnothaichean	7
Làthaireachd aig coinneamhan.....	7
Ceistean a’ Bhùird -stiùiridh	8
A’ stiùireadh choinneamhan.....	8
Co-dhùnaidhean a’ Bhùird-stiùiridh.....	9
A’ bhòtadh.....	10
Co-dhùnaidhean air an cur dheth.....	10
Comhairle dhan Bhòrd-stiùiridh	11
Clàr nan com-pàirtean - A’ clàradh com-pàirt	11
A’ bhuaidh aig nochdadh com-pàirt	11
Ceadan sònraichte	12
Geàrr-chunntasan a’ Bhùird-stiùiridh	12
A’ cur bhall à dreuchd rè ùine.....	13
Dìomhaireachd	13
Fiachanas pearsanta buill a’ bhùird-stiùiridh	13
A’ cur stad sealach air no ag atharrachadh nan Gnàth-riaghailtean.....	14

(Tha seo an sàs cuideachd airson coinneamhan Comataidh Bhòrd na Gàidhlig cuideachd mur a tèid an caochladh a ràdh ann am Bun-riaghailtean na Comataidh)

Ro-ràdh

Chaidh Bòrd na Gàidhlig a stèidheachadh gus dleasanachan Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 (“An Achd”) a choileanadh

Tha am pàipear seo a’ mìneachadh nan dòighean-obrach mionaideach airson a bhith a’ ruith choinneamhan Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig. Tha na dòighean-obrach an seo an sàs airson coinneamhan Comataidhean a’ Bhùird cuideachd mar a bhios iomchaidh, ach a-mhàin ma bhios Comataidh a’ cur a ghnàth-riaghailtean fhèin air dòigh. Ma nithear seo, feumaidh iad a bhith air an aontachadh leis a’ Bhòrd-stiùiridh.

Tha na Gnàth-Riaghailtean seo a bharrachd air na riathanasan a tha air am mìneachadh ann an Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus na h-ullachaidhean anns na sgrìobhainnean a leanas:

- Còd-giùlain airson Buill Bhòrd na Gàidhlig (2023)
- Achd Inbhean Eiticeil sa Bheatha Phoblach is msaa (Alba) (2000)
- Riaghailtean Fiosrachadh Àrainneachdail (Alba) (2004)
- Achd Saorsa an Fhiosrachaidh (Alba) (2002)
- Achd an Dìon Dàta (2018)

Thèid Buill Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig a chur an dreuchd leis a’ Mhinistear air a bheil Uallach agus bi ballrachd gun a bhith nas lugha na 5, no nas motha na 11, buill àbhaisteach. Thèid aon bhall a bharrachd a thaghadh leis a’ Mhinistear air a bheil Uallach airson a bhith na C(h)athraiche.

Ballrachd a’ Bhùird-stiùiridh

Nuair a bhios oifis a’ Chathraiche bàn, feumaidh buill àbhaisteach cuideigin ainmeachadh airson a bhith ann an cathair a’ Bhùird-stiùiridh gus an tèid cuideigin fhastadh fo fho-pharagraf (1)(b) de dh’Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.

Faodaidh an Cathraiche iar-chathraiche ainmeachadh bho bhuill a’ bhùird-stiùiridh gus a bhith na c(h)athraiche mas e is nach urrainn dhan Chathraiche an dreuchd a choileanadh fad ùine ghoirid. ’S e dreuchd pro-tem a tha seo agus cha tèid e an àite an ullachaidh gu h-àrd.

Tha buill Bhòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig uile air an taghadh mar dhaoine fa leth agus chan ann mar riochdairean aig buidhnean. Tha cho fad ’s a bhios neach nam ball air a mhìneachadh ann an litir fastaidh a’ bhuill.

Cuòram

Is e cuòram Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig mòr-chuid de bhuill a' Bhùird a tha comasach air co-dhùnadh a dhèanamh is aig nach robh ris a' choinneamh fhàgail mar thoradh air com-pàirt a nochdadh, a' gabhail a-steach an neach a tha na c(h)athraiche air a' choinneimh. Cha tèid co-dhùnadh sam bith a dhèanamh aig coinneamh aig Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig mur eil cuòram ann. Thèid na daoine a tha an làthair agus nach robh an làthair a chlàradh ann an geàrr-chunntas gach coinneimh.

'S urrainn coinneamhan slàn a chumail air-loidhne no air a' fòn, tro ghairmean co-labhairt no co-labhairt bhidio agus thèid am fòrmat aontachadh leis a' Chathraiche.

Anns na suidheachaidhean seo, bhiodh na Buill sin air am meas an làthair agus mar phàirt den chuòram airson na coinneimh sin cho fad 's gu bheil e comasach dhaibh pàirt a ghabhail ann an deasbadan (m.e. nach eil trioblaidean teicnigich a' cur bacadh orra). Anns a h-uile suidheachadh, bhiodh an t-ùghdarras deireannach aig a' Chathraiche agus bhiodh e an urra ris a' Bhall rabhadh iomchaidh a thoirt seachad agus an teicneòlas iomchaidh a bhith ri fhaighinn aig àite na coinneimh. Ma tha Ball, gun adhbhar reusanta, air a bhith neo-làthaireach bho choinneamhan Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig airson ùine nas fhaide na 4 mìosan às dèidh a chèile no airson 3 coinneamhan às dèidh a chèile agus nach deach cead a thoirt seachad leis a' Chathraiche airson seo, bheir an Cathraiche comhairle dhan Mhinistear.

Faodar cuireadh a thoirt do bhuill Comataidhean nach eil nam buill de Bhòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig, le toil a' Chathraiche, a bhith an làthair aig pàirt no aig làn choinneamh de Bhòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig no taisbeanaidhean a thoirt seachad dhan Bhòrd-stiùiridh. Cha bhi còir bhòtaidh aca ge-tà.

Cleachdadh na Gàidhlig

Thèid na h-ullachaidhean uile aig coinneamhan a' Bhùird-stiùiridh agus a chomataidhean a chumail sa Ghàidhlig mura h-aontaich am Bòrd-stiùiridh an caochladh. Bidh Bòrd na Gàidhlig a' cur ullachaidhean iomchaidh air dòigh mar as trice airson a bhith ag eadar-theangachadh ghnothaichean dhan Bheurla agus cànanan sam bith eile a tha iad a' meas iomchaidh (ma tha e practaigeach gu teicnigeach a chur air dòigh) bho àm gu àm ann an coileanadh na h-obrach aige.

Tiomnadh cumhachdan

Dh'fhaodte gun tiomnaich Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig cumhachdan do Chomataidhean a' Bhùird-stiùiridh, do bhuidhnean eile, no do dhaoine fa leth mar a bhios e a' meas iomchaidh. Co-dhùnaidh Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig an raon-ùghdarrais, ullachaidhean a thaobh na Cathrach aig coinneamhan, ballrachd, ìre nan cumhachdan tiomnaichte, agus riaghailt sam bith eile a tha a' dol leis an tiomnadh chumhachdan. Mur a tèid an caochladh a

chur an cèill, bidh Comataidhean, buidhnean agus daoine fa leth eile ag aithris gu dìreach gu Cathraiche Bhòrd na Gàidhlig.

Clàr nan Coinneamhan

Mus tòisich a' bhliadhna, aontaichidh Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig cinn-latha agus àiteachan airson nan coinneamhan aca airson na bliadhna air thoiseach. Ruithidh an clàr-ama bhon Ghiblean gus am Màrt le coinneamh ann timcheall air aon uair gach trì mìosan. Thèid an clàr-ama airson coinneamhan a' Bhùird-stiùiridh fhoillseachadh air làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig agus thèid an clàr-gnothaich agus na pàipearan a sgaoileadh do bhuill co-dhiù 10 làithean ro gach coinneimh (ach a-mhàin ma tha an Cathraiche den bheachd gum biodh e na b' fheàrr a bhith a' sgaoileadh fear de na pàipearan no na pàipearan uile nas fhaig air latha na coinneimh).

Faodaidh an Cathraiche coinneamh shònraichte de Bhòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig a chur air dòigh nuair a tha e coltach gum feumar beachdachadh air cuspair gu luath. Faodaidh Ball sam bith iarraidh gun tèid coinneamh shònraichte a chumail. Bidh an co-dhùnadh mu dheireadh am bu chòir seo a dhol air adhart leis a' Chathraiche, no mur eile iad ri fhaighinn, bho Chathraiche na Comataidh Sgrùdaidh agus Dearbhachd, a bhios cuideachd a' dearbhadh cò an luchd-obrach a bu chòir a bhith an làthair.

Clàr-gnothaich agus Pàipearan a' Bhùird-stiùiridh

Tha an clàr-gnothaich airson gach coinneamh de Bhòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig air ullachadh agus air aontachadh leis an Sgioba-stiùiridh airson a dhol air adhart dhan Chathraiche airson aonta. Thèid clàr-gnothaich a' Bhùird-stiùiridh a phostadh air làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig às aonais nì sam bith airson seisean dùinte, seachdain ro choinneimh a' Bhùird-stiùiridh. Dh'fhaodte gun atharraich nithean air a' chlàr ron choinneimh, agus nochdaidh atharrachaidhean air a' chlàr-gnothaich air an làrach-lìn.

Bu chòir àiteachan agus amannan nan coinneamhan feuchainn ris na rudan a leanas a lùghdachadh (far a bheil sin reusanta):

- cosgaisean dìreach dhan sporan phoblach.
- an tìde a bheir e (agus mar sin cosgaisean neo-dhireach) do na daoine a bhios a' gabhail pàirt sa choinneimh.
- a' bhuaidh a bheireadh e air lorg àrainneachdail Bhòrd na Gàidhlig, gu sònraichte an lorg càrboin aige.
- Bu chòir àiteachan agus amannan cuideachd ruigsinneachd dhan phoball a mheudachadh.

Bidh Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig ag amas air co-dhiù aon tadhal coimhearsnachd a chumail gach bliadhna. Thèid seo a thoirt fa-near air a' chlàr-ama airson coinneamhan ri teachd.

Thèid òrdugh nan nithean air clàr-gnothaich a' Bhùird-stiùiridh aontachadh leis a' Chathraiche/Ceannard agus bheir iad aire do na h-ullachaidhean siubhail airson luchd-obrach agus buill a tha an dùil a bhith an làthair cho fad 's a ghabhas seo dèanamh.

Bidh an Sgioba-stiùiridh a' beachdachadh air agus ag aontachadh phàipearan dhan Bhòrd mus tèid an cur gu Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig ach a-mhàin ma tha pròiseasan riaghlaidh eile an sàs.

Bidh sgioba rùnaireachd a' Bhùird-stiùiridh, gu h-eileagtronaigeach, a' cur ri chèile, a' sgaoileadh, agus far a bheil sin a dhìth, a sgrìobhadh phàipearan airson nan nithean a chaidh aontachadh airson Clàr na coinneimh, ach a-mhàin ma chaidh aontachadh le Cathraiche na coinneimh nach eil pàipear sam bith a dhìth.

Thèid pàipearan a chur gu na daoine a tha gu bhith an làthair aig a' choinneimh gu h-eileagtronaigeach co-dhiù 10 latha ron choinneimh.

Mur eil na pàipeirean deiseil airson sgaoileadh 10 làithean ron choinneimh, às dèidh co-chomhairle le Cathraiche na coinneimh agus leis a' Cheannard, dh'fhaodte gum post sgioba rianachd a' Bhùird-stiùiridh na pàipearan nas anmoiche, gun tèid am pàipear no na pàipearan a chur sìos aig a' choinneimh fhèin, no gun tèid an nì/na nithean a thoirt far Clàr-gnothaich na coinneimh. Dh'fhaodte nach tèid cumail ris na clàran-ama sin ma thèid coinneamhan sònraichte aontachadh le rabhadh goirid, ach thèid a h-uile oidhirp a dhèanamh gus pàipearan a chur a-mach ron choinneimh.

Faodar nithean air clàr-gnothaichean a bhith air an comharrachadh mar Fhosgailte, Dùinte no Prìobhaideach. Mar as trice, thèid coinneamhan a' Bhùird-stiùiridh a chumail ann an seisean Fosgailte. Ach dh'fhaodte gum bi nithean air a' chlàr a tha air an comharrachadh mar Dùinte no Prìobhaideach. Dh'fhaodte gum tèid nithean seisean Fosgailte a chumail gu poblach. Chan fhaod am poball a bhith an làthair aig nithean seisean Dùinte agus dh'fhaodte gum bi farsaingeachd de dh'oifigearan air an riochdachadh cuideachd. Bidh an Ceannard an làthair an dà chuid aig seiseanan fosgailte agus dùinte ach a-mhàin ma thèid aontachadh leis a' Chathraiche nach bi i/e an làthair. Bidh buill a' Bhùird-stiùiridh a-mhàin an làthair airson seiseanan prìobhaideach agus far a bheil seo a dhìth, thèid ball a' Bhùird-stiùiridh ainmeachadh mar sgrìobhaiche.

Thèid an clàr foirmeil de choinneamh Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig fhoillseachadh sa Ghàidhlig agus sa Bheurla, air làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig taobh a-staigh 8 seachdainean bhon choinneimh.

Faodaidh buill a' Bhùird-stiùiridh iarraidh gun tèid nì sam bith a dheasbad ann an seisean dùinte; thèid seo a dheasbad leis a' Chathraiche agus bidh e a rèir toil a' Chathraiche. Mas e is gun tèid nì a ghabhail ann an seisean dùinte, feumaidh adhbhar iomchaidh a bhith air a thoirt seachad air a shon. Cha tèid geàrr-chunntasan seiseanan dùinte fhoillseachadh air an làraich-lìn.

Pàipearan a' Bhùird-stiùiridh ann an Seiseanan Dùinte

Thathar a' gabhail ris gun tèid beachdachadh air pàipearan airson Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig ann an Seisean Fosgailte ach a-mhàin ma tha adhbhar làidir ann airson dìomhaireachd. Tha stiùireadh bho Achd Saorsa an Fhiosrachaidh (Alba) 2002, a bharrachd air Riaghailtean Fiosrachaidh Àrainneachdail 1994 agus Achd Dìon Dàta 2018 ga chleachdadh airson a bhith a' co-dhùnadh dè na pàipearan ris am bu chòir dèiligeadh ann an seisean dùinte. Nì an Cathraiche co-dhùnadh air seo ann an conaltradh leis a' Cheannard.

Am measg pàipearan a' Bhùird-stiùiridh a dh'fhaodadh a bhith air an deasbad ann an seiseanan dùinte (le ùmhlachd do bheachdan a' Chathraiche agus a' Cheannard) tha pàipearan a thaobh ceistean sgiobachd agus luchd-obrach. Bidh na h-adhbharan airson a bhith a' dèiligeadh ri pàipearan anns an dòigh seo air a mhìneachadh anns a' phàipear-aghaidh airson a' phàipeir sin.

Ron choinneimh, faodaidh an Cathraiche no Ball/Buill eile de Bhòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig moladh gun tèid beachdachadh air nì no pàirt de nì air a' chlàr aig seisean dùinte den choinneimh. Tha seo a rèir toil a' Chathraiche agus cha ghabh a cheadachadh ach a-mhàin ann an suidheachaidhean air leth.

Òrdugh nan Gnothaichean

Thèid gnothach a' Bhùird-stiùiridh aig a h-uile coinneamh air adhart a rèir a' chlàir-ghnothaich a chaidh a thoirt a-mach airson na coinneimh sin ach a-mhàin ma tha an Cathraiche air an caochladh a chur an cèill; faodaidh an Cathraiche òrdugh nan gnothaichean atharrachadh aig àm sam bith a rèir a t(h)oil fhèin no às dèidh iarrais bho bhall/bhuill.

Aig a h-uile coinneamh àbhaisteach no sònraichte, cha tèid beachdachadh air gnothach sam bith ach a-mhàin gnothaichean air a' chlàr-ghnothaich ach a-mhàin far a bheil an Cathraiche den beachd gum bu chòir beachdachadh air nì aig a' choinneimh mar thoradh air suidheachadh sònraichte.

Làthaireachd aig coinneamhan

Bidh a' chòir aig a' Cheannard a bhith an làthair aig a h-uile coinneamh aig Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig agus aig coinneamhan de na Comataidhean, ach a-mhàin airson pàirtean

de choinneamhan nuair a thèid aontachadh le buill Bòrd-stiùiridh

Bhòrd na Gàidhlig gum bu chòir a' chùis a bhith air a deasbad le buill a-mhàin, mar eisimpleir far am bithear a' bruidhinn air tuarastal no coileanadh a' Cheannard.

A bharrachd air a' Cheannard, bidh gach ball den Sgioba-stiùiridh a' frithealadh coinneamhan Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig ach a-mhàin ma thèid iarraidh orra gun a bhith an làthair leis a' Chathraiche no ma thèid an leisgeulan a ghabhail leis a' Chathraiche. Bidh luchd-obrach eile an làthair airson nithean sònraichte air a' chlàr-ghnothaich nuair a bhios seo iomchaidh.

Faodaidh Ministearan na h-Alba no an riochdairean a bhith an làthair aig coinneamhan Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig no a chomataidhean agus pàirt a ghabhail annta, ach chan fhaod riochdairean den t-seòrsa seo bhòtadh.

Ceistean a' Bhùird -stiùiridh

Faodaidh ball sam bith ceist a chur air a' Chathraiche aig coinneamh sam bith de Bhòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig mu ghnòthach buntainneach agus iomchaidh sam bith a tha ag èirigh bhon chlàr-ghnothaich.

Faodaidh buill fios a thoirt chun a' Chathraiche ron choinneimh mu cheistean a tha iad ag iarraidh a thogail nach eil co-cheangailte ri ceistean air a' chlàr-ghnothaich. Bu chòir seo a dhèanamh ann an sgrìobhadh ma ghabhas seo dèanamh. Co-dhùnaidh an Cathraiche, ann an conaltradh leis a' Cheannard, am bu chòir dèiligeadh ris a' cheist aig a' choinneimh agus bheir iad fios air ais dhan bhall mun cho-dhùnadh.

Far an gabh a dhèanamh, thèid dèiligeadh ri ceistean ann an Seisean Fosgailte. Ann an suidheachaidhean air leth, nuair a tha ceist a' dèiligeadh ri cuspair dìomhair no doirbh, dh'fhaodte gun tèid dèiligeadh ris ann an Seisean Dùinte. Bidh seo a rèir toil a' Chathraiche ann an co-chonaltradh leis a' Cheannard.

Nuair a thèid puing òrdugh a thogail aig coinneamh aig Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig, 's e riaghladh a' Chathraiche an co-dhùnadh mu dheireadh.

A' stiùireadh choinneamhan

Aig coinneamh a' Bhùird-stiùiridh, bidh Cathraiche Bhòrd na Gàidhlig anns a' chathair mas e is gu bheil e/i an làthair. Mur eil an Cathraiche gu bhith an làthair, mar as trice, dh'innseadh e/i cò am ball eile a bhiodh anns a' chathair. Mur eil comhairle ann bhon Chathraiche, taghaidh na buill Bùird-stiùiridh a tha an làthair aon de na buill airson a bhith an ceann na coinneimh tro bhòtadh mòr-chuid.

Nì an Cathraiche na leanas:

- cumar smachd agus nithear cinnteach gu bheil cothrom gu leòr aig buill a' Bhùird-stiùiridh na beachdan aca a chur an cèill mu chuspair sam bith a thathar a' deasbad;
- nithear co-dhùnaidhean air cùisean òrdugh, raon-ùghdarrais agus buntainneachd;
- co-dhùnair dè an t-òrdugh anns am bu chòir do bhuill a tha airson bruidhinn sin a dhèanamh;
- co-dhùnair a bheil bhòt a dhìth gus nach eil agus mar a nithear i; agus
- leanar poileasaidhean agus dòighean-obrach iomchaidh Bhòrd na Gàidhlig

Co-dhùnaidhean a' Bhùird-stiùiridh

Mar as trice, thèid co-dhùnaidhean Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig a ghabhail le co-aontachd am measg nam ball a tha an làthair. Tha “ball a tha an làthair” a’ ciallachadh ball a tha an làthair aig a’ choinneimh fhèin no a tha a’ gabhail pàirt tro cheangail fòn no co-labhairt bhidio tron deasbad air an nì air a’ chlàr agus a chuala geàrr-chunntas sam bith a rinn an Cathraiche no ball ainmichte den Sgioba-stiùiridh.

Ma dh’fhàgas ball a’ choinneamh gu tràth, bidh iad air an comharrachadh mar neo-làithreach airson co-dhùnadh sam bith a chaidh a ghabhail às dèidh dhaibh falbh.

Tha uallach corporra air buill uile a’ Bhùird-stiùiridh airson co-dhùnaidhean a ghabh am Bòrd-stiùiridh. Mar sin, feumaidh buill gabhail ri co-dhùnadh coitcheann a’ Bhùird-stiùiridh (agus taic a chumail ri seo gu poblach), no feumaidh iad an t-àite air a’ Bhòrd-stiùiridh a leigeil seachad.

Faodaidh ball de Bhòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig an t-eas-aonta aige/aice ri co-dhùnadh a’ Bhùird-stiùiridh a chlàradh cho fad ‘s a bha i/e an làthair aig a’ choinneimh far an deach beachdachadh air a’ chùis seo agus cho fad ‘s a dh’iarras am ball gun tèid an t-eas-aonta aige/aice a chlàradh gun dàil às dèidh dhan cho-dhùnadh a bhith air a dhèanamh. Ma tha ball sam bith ag iarraidh atharrachadh a mholadh air gluasad bhon Chathraiche no bho bhall/bhuill mus tèid co-dhùnadh a ghabhail, bu chòir dhaibh 1) neach-taic iarraidh airson an atharrachaidh fhoirmeil sin agus ma gheibhear sin, 2) bhòt fhaighinn bho mhòr-chuid de bhuill a’ Bhùird-stiùiridh.

Thèid beachdan sgrìobhte mu nithean air a’ chlàr-gnothaich a thèid a chur a-steach le gach ball den Bhòrd-stiùiridh aig Bòrd na Gàidhlig nach eil an làthair a chuirteachadh gu buill a’ Bhùird-stiùiridh agus bidh an Cathraiche (no luchd-taic ainmichte mar eisimpleir rùnaireachd a’ Bhùird-stiùiridh) a’ toirt iomradh orra aig àm iomchaidh rè na coinneimh.

Ann an suidheachaidhean air leth, nuair a tha co-dhùnadh a dhìth bho Bhòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig ann an cabhag agus far nach gabhadh coinneamh a chur air dòigh, thèid dèiligeadh ris a’ chùis tro chonaltradh sgrìobhte. Thèid an co-dhùnadh gus seo a dhèanamh a ghabhail leis a’ Chathraiche. Ann an suidheachaidhean mar seo, cuiridh na buill an cuid bheachdan

chun a' Chathraiche ann an sgrìobhadh. Thèid an co-dhùnadh a dhaingneachadh aig an ath choinneimh de Bhòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig agus thèid a chlàradh anns a' gheàrr-chunntas.

A' bhòtadh

Thèid co-dhùnadh a dhèanamh tro bhòt anns na suidheachaidhean a leanas:

- Nuair a tha an Cathraiche a' faicinn gu bheil cuid de na buill ag eas-aontachadh ri moladh no a tha air draghan a nochdadh mu dheidhinn agus nach eil co-aonta soilleir ann.
- Nuair a dh'iarraas ball gun tèid bhòt a chumail agus nuair a bheir co-dhiù aon bhall eile à tha an làthair taic ris a' mholadh seo.

Ann an suidheachadh sam bith eile, far a bheilear den bheachd, a rèir toil a' Chathraiche, gum bu chòir bhòt a bhith ann mus tèid co-dhùnadh a ghabhail.

